

Coinneamh: Bòrd-stiùiridh
Ceann-là/Àm: 09 Dàmhair 2025 aig 09.30
Càite: Microsoft Teams

Clàr-gnothaich – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

- 1.1. Fàilte is Leisgeulan**
- 1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean**
- 1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)**

2. Plana Corporra is Coileanadh

- 2.1. Aithisg air PCCan a Phlana Corporra 2023-28 (Airson Deasbad)**
Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiridh Leasachaidh
- 2.2. Aithisg air adhartas le Planaichean Coimhearsnachd (Airson Aontachadh)**
PT1 Plana Uibhist
PT2 Plana Iar Thuaith Leòdhais
Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiridh Leasachaidh
- 2.3. Foghlam & Ionnsachadh (Airson Fiosrachadh)**
Ealasaid Dhòmhnaillach, Ceannard

3. Ionmhas

- 3.1. Aithisg Ionmhas (Airson Fiosrachadh)**
PT1 Aithisg Ionmhas gu 31/08/2025
Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra
- 3.2. Riaghladh Ionmhas (Airson Fiosrachadh)**
Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra
- 3.3. Taic Freumhan Coimhearsnachd 2026-28 (Airson Aontachadh)**
Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh
- 3.4. Adhartais nam Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh (Airson Fiosrachadh)**
PT1 Taic Pròiseactan Buidhnean Lìbhrigidh
Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh
- 3.5. Aonta Frèam-obrach (Airson Aontachadh)**

Ealasaid Dhòmhnaillach, Ceannard

4. Rianachd Mhì-chinntean

4.1. Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail (Ri Aontachadh)

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra

5. Cùisean Corporra

5.1. Conaltradh le Luchd-ùidh (Airson fiosrachadh)

Ealasaid Dhòmhnaillach, Ceannard

6. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

6.1. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh (Ri Aontachadh)

Ealasaid Dhòmhnaillach, Ceannard

7. GISBE

Ceann-là na h-ath choinneimh: 11/12/2025

Deireadh an t-Seisein

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	9 Dàmhair 2025
Tìotal:	Aithisg air PCCan a' Phlana Chorporra 2023-28
Gnìomh a dhith:	Airson Deasbad
Àireamh pàipear:	2.1
Neach-labhairt:	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh
Pàipearan-taic:	Chan eil

1. Adhbhar

- 1.1. Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu adhartas le coileanadh nam prìomh chomharran coileanaidh a tha air aithneachadh anns a' Phlana Chorporra 2023-28 agus airson fios a thoirt seachad air an adhartas leis a' Phlana Gnìomh.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Dh'aontaich an Riaghaltas ri Plana Nàiseanta 2023-28 anns an Dùbhlachd 2023 agus chaidh am Plana fhèin fhoillseachadh ron Nollaig 2023. Leis a sin cha deach am Plana Corporra ùr aig Bòrd na Gàidhlig chun a' Bhùird-stiùiridh airson aonta chun a' Mhàirt 2024 agus an uair sin air adhart chun an Riaghaltais airson aonta foirmeil. Dh'aontaich an Riaghaltas ris a' Phlana Chorporra san t-Sultain 2024.
- 2.2. Tha adhartas mu choinneamh nan targaidean sa Phlana Chorporra far a bheil sinn an dùil a bhith aig an ìre seo. Chan eil sinn air raointean sam bith sa Phlana a chomharrachadh far a bheil sinn an dùil ri bacaidhean mòra a thaobh crìochnachadh. Ach, bidh na prìomh bhacaidhean co-cheangailte ri maoineachadh, com-pàirt luchd-ùidh ann am prìomh ro-innleachdan agus comas buidhne. Bithear a' cumail sùil orra sin uile tro ar pròiseasan cunnairt, agus tha iad nam prìomh amas aig an Sgioba-stiùiridh.
- 2.3. Tha an t-adhartas a chaidh a dhèanamh air na na Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCC) anns a' Plana Chorporra airson 2023-28 ri fhaicinn sa chlàr gu h-ìosal:

PRÌOMH CHOMHARRA COILEANAIDH		Adhartas gu Sultain 2025
PCC1	Barrachd chothroman do dhaoine an cuid sgilean Gàidhlig a chleachdadh aig an taigh, san obair agus sna coimhearsnachdan aca	2 Phlana Gàidhlig Coimhearsnachd ann an Uibhist agus Iar Thuath Leòdhais – aithisg aig a' choinneimh air adhartas agus ath-cheumannan

		• Coinneamhan ris an Riaghaltas agus Comhairlean air Sgìrean Cànan Sònraichte • 12 Prìomh bhuidhnean lìbhrigidh Gàidhlig a' dèanamh adhartas air na Planaichean ro-innleachdail aca • Lìonra Oifigearan Leasachadh Gàidhlig a' leantainn orra leis an obair aca – coinneamhan gach mìos. • Sgeamaichean tabhartasan a' cumail taic ri tachartasan anns na coimhearsnachdan
PCC2	Barrachd taic do sholar sna Tràth-bhliadhnaichean	• Sgeama thabhartasan tràth-bhliadhnaichean air a lìbhrigeadh (taic ri 29 buidhnean) • Pàipear air adhartas le ro-innleachd airson seirbheisean airson tràth-bhliadhnaichean aig a' choinneimh an-diugh
PCC3	Brosnaich buannachdan Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig (FtG) is Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi)	• Maoineachadh ga thoirt seachad airson obair Chomann nam Pàrant. • Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig air a chur air adhart chun an Riaghaltais
PCC4	Barrachd taic do dh'ionnsachadh na Gàidhlig	• Còmhraidh ri MG ALBA agus SMO air an ro-innleachd a tha a dhith airson Ìre 2 den phròiseact SpeakGaelic • Fiosrachadh air adhartas air Ro-innleachd ionnsachaidh Inbich air a' chlàr aig a' choinneimh.
PCC5	Tha barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha iom-fhillte is fhosgailte	• Stiùireadh Reachdail air Planaichean Gàidhlig ùr air aontachadh leis an Riaghaltas • Bile nan Cànan Albannach air aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba • Taic maoineachaidh a bharrachd bhon Riaghaltas airson Sgeama Oifigearan ùr air a chleachdadh agus taic ga thoirt seachad airson 24 Buidhnean Coimhearsnachd. • Sgeama Planaichean Gàidhlig a' toirt taic do Bhuidhnean aig a bheil Planaichean Gàidhlig.
PCC6	Tha Bòrd na Gàidhlig èifeachdach na dhreuchd ceannardais agus a' cur ri lìbhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 4 san fharsaingeachd	• Seirbheisean gan toirt seachad taobh a staigh a' bhuidseit mar a tha ri fhaicinn anns na cunntasan bliadhnail

		• Freagairtean air an cur a-staigh air co-chomhairlean poblach • Frithealadh aig coinneamhan agus fòraman roinneil is nàiseanta
--	--	--

2.4. Tha adhartas math ga dhèanamh agus tha sin gar fàgail ann an suidheachadh làidir airson an àm ri teachd.

2.5. Aig ìre luchd-obrach tha Plana Gnìomh againn a tha manaidsearan a' toirt air adhart.

3. Moladh

3.1. Gum bi na buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo agus a' gabhail beachd air an adhartas.

3.2. Gun aontaich Buill ri aithisgean adhartais air PCCan a' Phlana Chorporra 2023-28 tighinn gu gach dàrna coinneamh dhen Bhòrd.

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdail

4.1. Buidhean air Ionmhas: Chan eil buaidh air ionmhas

4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Tha am paipear a' toirt fa-near dhan obair a tha luchd-obrach a' Bhùird ris tron bhliadhna.

4.3. Buidhean air Trèanadh: Chan eil buaidh ann.

4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha an aithisg a' toirt iomradh air coileanadh amasan ro-innleachdail agus corporra

4.5. Buidhean air Cliù: Tha e riatanach gum bi sinn a' coileanadh nam PCCan agus tha seo a' toirt buaidh air cliù Bhòrd na Gàidhlig.

4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil gin ann.

4.7. Buidhean Laghail: Tha dleastanasan air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

4.8. Buidhean air Co-ionannachd: Chan eil buaidh ann.

4.9. Buidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann.

5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☒	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

6. Cùrsa Riaghlachais

Pàipear 2.1

6.1. Thug an Sgioba-stiùiridh fa-near dhan phàipear seo air 24 Sultain 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	9 Dàmhair 2025
Tìotal:	Aithisg air adhartas le Planaichean Coimhearsnachd
Gnìomh a dhith:	Airson Deasbad agus aonta
Àireamh pàipear:	2.2
Neach-labhairt:	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh
Pàipearan-taic:	PT1 – Plana Gàidhlig Uibhist PT2 – Plana Gàidhlig Iar-Thuath Leòdhais PT3 – Dreath freagairt mar eisimpleir

1. Adhbhar

- 1.1. Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu adhartas le Planaichean Gàidhlig Coimhearsnachd agus beachd a ghabhail air an fhreagairt a tha a dhith bhon Bhòrd.
- 1.2. An dèidh beachdan a' Bhùird fhaighinn thig am fiosrachadh air adhart chun an Riaghaltais airson beachdachadh air dè tha a dhìth san ùine a tha romhainn airson amasan a' Phlana a choileanadh.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Tha am Plana Nàiseanta a toirt iomradh air Raointean Prìomhachais agus gnìomhan airson brosnachadh na Gàidhlig thar nan còig bliadhna. Am measg nan gnìomhan tha:
 - **Thèid Planaichean Gàidhlig Coimhearsnachd a chruthachadh airson 3 prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig le taic agus Stiùireadh air ullachadh, air am faigh coimhearsnachdan eile cothrom ro 2028.**
- 2.2. Thug Bòrd na Gàidhlig seo air adhart ann am Plana Corporra 2023-28 leis an amas: **Stiùir agus cuir taic ri cruthachadh Planaichean Gàidhlig air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus cùm taic ri seo.** Tha a' bhuaidh ri thomhas gum bi: **Trì Planaichean Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd an sàs le trì eile gan cruthachadh**
- 2.3. Thug am Bòrd seachad taic airson Oifigeir Planaidh airson an Eilein Sgitheanaich agus Ratharsair ach cha do shoirbhich dhaibh ann a bhith a' fastadh oifigear agus leis a sin cha deach Plana air adhart an sin. Fhuair Coimhearsnachd Uibhist agus Coimhearsnachd Iar-thuath Leòdhais taic cuideachd agus le oifigear rinn iad adhartas air Planaichean a chruthachadh.

3. Adhartas leis na Planaichean

- 3.1. Leis na Planaichean seo tha am Bòrd air a bhith a' sireadh guth na coimhearsnachd fhèin air suidheachadh na Gàidhlig anns a' Choimhearsnachd agus beachdan air dè bu choir a dhèanamh mu dheidhinn an t-suidheachaidh sin. Tha seo a' ciallachadh nach robh smachd deasachaidh aig oifigearan a' Bhùird agus tha sin air draghan a thogail a measg nam Buidhnean Poblach a tha air an ainmeachadh anns na Planaichean. A dh'aindeoin nan draghan sin tha e cudromach gum bi guth na Coimhearsnachd ri thogail gun smachd a bhith orra.
- 3.2. Ged a tha sin ri ràdh, tha cunnart ann nach bi na tha a' Choimhearsnachd ag iarraidh practaigeach, agus tha freagairt a dhith bhon Bhòrd air dè a ghabhas dèanamh an cois beachdan na coimhearsnachd fhèin.
- 3.3. Chaidh an dà dhreach Plana a mach gu co-chomhairle Coimhearsnachd aig toiseach an luchair 2025 agus tha na h-oifigearan air a bhith a' dèanamh nan atharraichean a tha a dhith an dèidh aire a thoirt air beachdan a thàinig thuca tron cho-chomhairle. Thàinig na planaichean ùr a-staigh gu Bòrd na Gàidhlig anns an Lùnastal agus san t-Sultain. Tha e math gu bheil sinn air an ìre seo a ruighinn ach tha uallach oirnn a-nis a bhith sgiobalta a dol air ais chun nan Coimhearsnachdan le freagairt foirmeil. Tha na Planaichean rim faicinn ann am PT1 agus PT2.
- 3.4. Tha sinn air tòiseachadh coinneachadh ris na Buidhnean a tha air ainmeachadh anns na Planaichean airson beachdan fhaighinn air na th' annta, agus gu h-airidh air na gnìomhan a tha ag èirigh asta. Chan eil na còmhraidhean seo air co-dhùnadh dheireannach a ruighinn ach tha adhartas ga dhèanamh.
- 3.5. Tha dreach freagairt aig PT3 mar eisimpleir air de tha fa-near a thaobh freagairt, agus bhiodh e feumail beachd fhaighinn bhon Bhòrd-stiùiridh air dè cho iomchaidh 's a tha an dòigh-obrach seo airson an adhartas a tha dhith a dhèanamh.

4. Moladh

- 4.1. Gum bi Buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo agus a' gabhail beachd air an adhartas agus a' soillearachd na tha a dhith airson adhartas a dhèanamh ris na Planaichean.
- 4.2. Gum bi Buill a' cur fàilte air na Planaichean Gàidhlig airson Uibhist agus Iar-Thuath Leòdhais agus a' moladh nan coimhearsnachdan airson an stiùiridh agus an lèirsinn a tha a' nochdadh miannan cànan, cultarach agus sòisealta nan sgìrean seo.
- 4.3. Gun aontaich Buill gu bheil freagairt foirmeil a dhith chun an dà Choimhearsnachd a chur air dòigh planaichean.
- 4.4. Gun gabh Buill beachd air a' chiad àrd-shealladh, ceangailte aig PT3, agus air stiùir air mar a thig am Bòrd air adhart ris na Planaichean Coimhearsnachd.
- 4.5. Gun aontaich Buill ri aithisgean adhartais air Planaichean Coimhearsnachd tighinn gu gach dàrna coinneamh dhen Bhòrd.

5. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdail

- 5.1. Buidhean air Ionmhas: Chan eil buaidh air ionmhas ged a tha goireasan gu leòr cudromach ma tha gnìomhan agus prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta agus a' Phlana Corporra rin coileanadh.

- 5.2. Buaidhean air Luchd-obrach: Tha am paipear a' toirt fa-near dhan obair a tha luchd-obrach a' Bhùird ris tron bhliadhna.
- 5.3. Buaidhean air Trèanadh: Chan eil buaidh ann.
- 5.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachail agus Corporra: Tha an aithisg a' toirt iomradh air coileanadh amasan ro-innleachdail agus corporra
- 5.5. Buaidhean air Cliù: Tha e riatanach gum bi sinn a' coileanadh nan gnìomhan agus prìomhachasan a tha a' tuiteam air a' Bhòrd agus tha seo a' toirt buaidh air cliù Bhòrd na Gàidhlig.
- 5.6. Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil gin ann.
- 5.7. Buaidhean Laghail: Tha dleastanasan air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 5.8. Buaidhean air Co-ionannachd: Chan eil buaidh ann.
- 5.9. Buaidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann.

6. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☒	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

7. Cùrsa Riaghlachais

- 7.1. Thug an Sgioba-stiùiridh fa-near don phàipear seo air 24 Sultain 2025.

8. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 8.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

GÀIDHLIG ANN AN UIBHIST



Uibhist 2030 is a community-led effort to protect, strengthen and grow Gaelic in Uist. It's for fluent speakers, learners, families, young people, newcomers and long-time residents – anyone who uses or supports Gaelic, at home or away. It's also for local groups, public bodies and service providers – those with a role in ensuring Gaelic continues to be a living language across our islands – to encourage them to get involved and to work together to deliver on their own Gaelic Plan commitments.

Carson a Tha Seo Cudromach | [Why This Matters](#)

Uist is one of the few remaining places where Gaelic is still part of daily life – heard in shops, schools, workplaces, churches and homes. But that status is fragile. If we want to hear Gaelic between generations, in everyday conversations, in the places we live and work, we need to act now – together. You can read more at www.planauibhist.scot

Ar Sealladh airson 2030 | [Our Vision for 2030](#)

- Gaelic is heard and seen all across Uist on a daily basis – in homes, at work, at community events and in public services.
- Children grow up speaking Gaelic naturally – at home and at school.
- Young people see a future for themselves in Uist that includes Gaelic.
- Visitors and new residents see and understand that Gaelic is part of life in Uist.
- Public bodies and local organisations proactively support and promote Gaelic.

Gu Ruige Seo | [How We Got Here](#)

Gaelic is woven through life in Uist, but it faces pressure – from depopulation, rising costs, poor transport links, housing availability and changes in how we live and work. Through community workshops, local conversations and input from organisations across Uist, this plan is being developed to tackle those challenges with practical, positive steps.

Ar Dòigh-obrach | [Our Approach](#)

A Uist Gaelic Stakeholder Group* was set up to coordinate efforts to create this plan. We believe in doing what we can, where we are. This plan focuses on **visibility**, **everyday usage**, putting **Gaelic first** in planning, and building change through **small steps**. We are trying to get everyone involved, whatever their ability of influence.

Ar Prìomhachasan | [Our Priorities](#)

1. **Youth** – Support confidence, creativity and opportunities for young people to use Gaelic.

2. **Heritage** – Celebrate local dialects, stories and Uist Gaelic culture across our islands.
3. **Community** – Make Gaelic easy to see, hear and use in daily life.
4. **Workplace** – Encourage Gaelic in all work environments - e.g. in offices, shops, care homes, health services, transport terminals and local businesses.
5. **Profile** – Promote Gaelic as something that belongs to and benefits everyone in Uist.

Tòisicheamaid! | Let's get started!

Whether you're learning a few words or using Gaelic every day – you have a part to play. Use your Gaelic at home, at the till, at work, in the hall. Encourage others. Ask for Gaelic in services and events. Welcome newcomers with it. The actions in the following pages will only happen with support from organisations **and** individuals. You can lobby, you can influence, you can offer your time, your skills, your language.

Coitich. Thoir Buaidh. Dèan rudeigin. | Lobby. Influence. Take Action

Some actions will require further lobbying of key organisations, others will require your influence and the rest will rely on each person doing their part. Everyone can do something. All the organisations named in this plan should be lobbied and/or contacted regularly to ensure they are delivering on their commitments and that they are being proactive in their support, promotion and use of Gaelic in our communities.

You can influence in a variety of ways, for example, by joining Boards, Trusts and committees, talking to stakeholders, raising issues with staff, speaking to your Community and local Councillors and MSP, attending surgeries to raise the problems, offering to support Gaelic placements as an employer, joining voluntary groups such as the Parent Council or Third sector support groups

Plana Gàidhlig Uibhist belongs to Uibhistich.

Thigibh na lùib. Be part of it.

Stiùireadh a' Phlana | [Managing the Plan](#)

The Uist Gaelic Stakeholder Group will lead the delivery of the plan, but our communities need to take ownership and get involved in the action. The group will meet regularly to track progress and update actions as needed. A representative from the proposed Gaelic Youth Forum will join the group once it's up and running.

Updates will be shared publicly through a dedicated website, social media, and *Am Pàipear* – helping keep the plan visible, practical, and connected to the community. Local Gaelic ambassadors will also help share what's happening and encourage others to get involved.

Gabh an cothrom. Cleachd i no cail i.

This plan belongs to you. Be part of it.

1. Òigridh | *Youth*

Ambition: More young people confidently use Gaelic in life, school and work and are encouraged to live and work in Uist into adulthood.

“Bidh mi ag èisteachd ri Radio nan Gàidheal a' mhòr-chuid a mhaidnean - deagh dhòigh dhomh ceangal leis a' Ghàidhlig airson an latha a thòiseachadh. ‘S dòcha an uair sin nach cluinn no nach bruidhinn mi Gàidhlig mòran, a rèir cò a chì mi no càite an tèid mi an latha sin. ‘S e dachaigh dà-chànanach a th’ againn, le measgachadh ìrean fileanta, meadhanach fileanta agus ag ionnsachadh. Bha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig fìor chudromach ann am fileantas na cloinne agus airson faireachdainn a thoirt dhaibh gu bheil àite aca ann an cultar na Gàidhlig, agus thug e air an athair ionnsachadh! A-nis is iad nan inbhich òga, chan eil uimhir a chothrom aca an cànan a chleachdadh ach tha iad dèonach sin a dhèanamh nuair as urrainn dhaibh. San fharsaingeachd, tha dà-chànanas sgoinneil airson eanchainn agus a' cur taic ri iomadachd chultarail, dà dheagh adhbhar airson neartachadh cleachdadh na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh.” - Anna

Purpose	Organisations who could make it happen	Community Action
Establish a Uist Gaelic Youth Forum to co-design and deliver activities across the islands which includes a Youth Charter showing commitment to participating in Gaelic life.	CnaG, Youth Clubs, schools, Fèisean	Are you under 25? Join the forum and help shape the future of Gaelic in Uist.
Embed Gaelic in school work experience, ensuring GME pupils have access to Gaelic placements from April 2026.	Schools, CNES, SDS, DYW OH	Are you a business? Offer a work placement where Gaelic is encouraged or essential.
Include Gaelic elements into vocational courses from Sep 26.	UHI NWH	As a business owner can you offer incentives to attract Gaelic-speaking staff e.g. hospitality, mechanics, retail, engineering.
Ensure regular Gaelic camps are available and offered in Uist, bringing Gaelic speakers from elsewhere from July 2026.	CnaG, Bòrd na Gàidhlig, CNES, CalMac	Offer to volunteer at the camps, they won't happen without people on the ground
Host an annual Gaelic Careers Fair showcasing a broad range of sectors (not just education and arts) from 2026.	CNES, DYW OH, UHI NWH, SDS	Are you an employer or role model? Come and talk to pupils about Gaelic in your job. Do you use Gaelic in your job? Talk about it on socials.
Increase Gaelic apprenticeships and post-school placements – aim for 10 new placements by Dec 2027.	CNES, employers, Bòrd na Gàidhlig	Encourage your workplace to create or promote a Gaelic placement opportunity

Purpose	Organisations who could make it happen	Community Action
Develop peer networks that connect learners and fluent speakers through clubs, sports, music or art, from June 2026.	Youth workers, community groups, Gaelic officers.	Set up a Gaelic interest club at your school or youth group
Partner with Irish Gaeltacht, Canadian and other Gaelic youth groups to build confidence and exchange culture and ideas from Aug 2027.	Youth Forum, CnaG, MG ALBA, Riaghaltas na h-Alba, British Council	Want to travel and speak Gaelic? Help plan an exchange programme or cultural link
Lobby for expanding the scheme to allow free ferry travel to young people from Jan 2026 (to be equivalent to free bus travel for under 22s).	CalMac, Transport Scotland, Scottish Government	Could you represent the needs of Uist on Boards such as CalMac or Transport Scotland? Write to your MSP and MP.
Celebrate young people's use of Gaelic through Uist Gaelic Ambassador Awards.	CnaG, schools, CNES, Gaelic Officers	Nominate a young person for their contribution to Gaelic life. Encourage young people to use their Gaelic by engaging in conversation informally.
Broaden Gaelic's presence in school leadership: create Gaelic school captains and integrate into pupil council agendas.	Schools, Parent Councils.	Pupils and Parents: speak up and suggest how Gaelic can be used more in school leadership.
Lobby CNES, HHP and relevant bodies to create housing that is prioritised for young, Gaelic speaking families e.g. Kilbeg development in south Skye, where a housing burden retains properties in the community.	HHP, Small Communities Housing Trust, CNES, Riaghaltas na h-Alba	Are you – or do you know of others - looking to stay in Uist and can't secure accommodation? Contact these organisations. Help build a fuller picture of what is required.

Purpose

Organisations who could make it happen

Community Action

Join the relevant Boards to ensure all voices are heard.

2: Dualchas | *Heritage*

Ambition: Increase general knowledge of, access to, and participation in Uist Gaelic culture and heritage, so that it is prominent in our communities, education opportunities and economy.

“Tha mi a' trèanadh nam thidsear ealain. 'S e Aimeireaganach a th' annam is 's e Uibhisteach a th' anns an duine agam. Chan eil mi fileanta fhathast ach tha mi air a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig airson trì bliadhna. Dh'ionnsaich mi anns a' gharaidh nuair bha mi a' càradh chàraichean, a' gabhail cupa le Catrìona Nic an t-Saoir, agus air Duolingo a h-uile latha airson dà bhliadhna. Bidh mi a' cleachdadh Gàidhlig leis a' chloinn agus timcheall nan eilean. Tha cuimhne agam air m' athair-cèile a' bruidhinn Gàidhlig daonnan agus tha mi ag ionndrainn an fhuaim.

Bu chòir a h-uile duine a thig a seo beagan no barrachd Gàidhlig ionnsachadh. Tha a' chànan uabhasach cudromach do choimhearsnachd is dualchas. Tha mi an dòchas gun urrainn dhomh barrachd Gàidhlig a chluinntinn is a chleachdadh.”-

Tessa

Purpose

Promote existing heritage resources and support – map what's already available; share and use widely.

Organisations who could make it happen

Comainn Eachdraidh, heritage groups, Am Pàipear, Ceòlas

Community Action

Host or attend local event, or volunteer with your local heritage group. Include use of these resources in projects.

Purpose

Develop CPD (Continuing Professional Development) for teachers and workers on Uist culture and heritage.

Celebrate and promote local dialects across Uist – not just Gaelic, but *your* Gaelic.

Grow intergenerational projects – e.g. storytelling, music, traditions, digital archiving

Create a schools speakers' list of local experts willing to share stories, crafts or skills with pupils.

Link heritage and education: develop modules like *Cultar na Gàidhlig* in schools as standard parts of the curriculum.

Organisations who could make it happen

CNES, Comainn Eachdraidh, Sgoil Lionacleit, Ceòlas, UHI NWH

Gaelic Officers, schools, Cnoc Soilleir, Tobar an Dualchais, Gaelic Officers.

Community groups, schools, local historians, Taigh Chearsabhagh, Tobar an Dualchais, Gaelic Officers.

Comainn Eachdraidh, CNES, schools

Sgoil Lionacleit, UHI NWH, CNES.

Community Action

Are you a teacher or professional? Ask for CPD linked to local heritage and dialect.

Do you have the skills to contribute? Contact one of the organisations to get things moving.

Record elders, collect place names, or help build a local dialect map similar to Stòras Shlèite – share songs, stories, create resources

Create a facal na mìos resource on Uist Bèo or socials, highlighting some specifically Uibhisteach vocabulary.

Start a family project or bring a relative to share a story at school or an event.

What do you know about the history and traditions of your own township, the local landscape?

Have knowledge to share? Sign up as a speaker or encourage others to.

Pupils: ask to learn more about your own culture and history in class.

Purpose

Engage with folklorists and non-Gaelic speakers who hold deep knowledge of Uist heritage

Showcase heritage work through creative means – podcasts, mini-documentaries, audio walks, art exhibitions.

Organisations who could make it happen

Heritage groups, researchers

Youth media, Taigh Chearsabhaigh, MG ALBA, schools

Community Action

Offer your skills to contribute to such a module.

Interview someone in your community and help record their story.

Start a project or pitch an idea – could you film your granny telling stories?

3. Neartachadh sa Choimhearsnachd | *Strengthening Gaelic in the Community*

Ambition: Gaelic is used - spoken, heard and valued - across community life in Uist, with learners and speakers supported at every level.

“Is mise Sìne agus mi gus a bhith naoi deug bliadhna a dh’aois. Tha mi a’ fuireach ann an Uibhist a Deas, tha mi ag obair anns an dachaigh cùram, Taigh a’ Chridhe Uile Naomh. Anns an obair a tha seo bidh mi ag uiseagadh Gàidhlig a h-uile latha, leis a' mhòr-chuid dhan luchd-còmhnaidh.

Tha mi den bheachd gu bheil e cho, cho cudromach a’ Ghàidhlig agam a chumail làidir airson na seann dhaoine. Bidh thu a' faighinn tòrr a bharrachd asta ma tha thu a' bruidhinn Gàidhlig leotha. Chì thu an diofar nuair a chluinneas iad duine òg a’ bruidhinn a' chiad chànan aca”.

Purpose

Promote Gaelic classes and opportunities for all levels - especially returners and confident speakers.

Create Uist Sound Guides: practical phonics resources for common words/phrases in Uist dialects.

Organisations who could make it happen

Cothrom, CNES, Adult Learning, Gaelic Officers, UHI NWH, Cnoc Soilleir, LoveGàidhlig

Gaelic Officers, local speakers

Community Action

Attend or promote a class, or host an informal session in your home or workplace.

Encourage school leavers to continue using their Gaelic by engaging with them in Gaelic at every opportunity.

Help record audio or test the resource as a learner.

Purpose

Promote events and spaces as positive spaces for Gaelic: all levels welcome.

Support individuals to create and run their own Gaelic events, with a small grants scheme via Community Trusts or Community Councils.

Ensure all Gaelic-related events are cross-promoted via a shared community diary.

Develop a 'Return to Gaelic' support pack: for lapsed speakers unsure how to re-engage.

Deliver informal community sessions (monthly Gaelic hour in each area).

Showcase best practice in welcoming new residents: share why Gaelic matters in Uist and signpost newcomers to classes and support.

Organisations who could make it happen

All community groups, Cnoc Soilleir "Cidsin Cèilidhs", Taigh Sgìre

Gaelic Stakeholder Group, Ceòlas, UCVO, Uist Beò, Stòras Uibhist, Community Councils

Uist Beò, Community Councils, Uibhist 2030 website, Gaelic Officers.

Cothrom, tutors, community leaders, Cnoc Soilleir, UHI NWH, Gaelic Officers.

Local venues, volunteers, shops.

Uist Beò, Uist Settlement Officer

Community Action

Host a 'Gaelic-Friendly' event, or state it is to encourage use of Gaelic.

Use the #cleachdi events website to promote events.

Have an idea? Apply for funding or ask for help from your local Trust or Community Council to get it off the ground

e.g. exercise classes led by a young Gaelic speaker.

Add your event and tag it as Gaelic or bilingual - don't be shy!

Share your story of returning to Gaelic - or help mentor someone else

Consider joining the "Tillidh Mi" Gaelic returners course

Offer your space, invite friends, just show up and try a word or two. Support the shops running Gaelic hours.

Offer to help with a Uist welcome pack for visitors or tell your new neighbour how Gaelic has shaped your way of living.

Purpose

Expand bilingual signage in shops, services, public spaces and community halls.

Encourage use of Gaelic in everyday life with incentives: e.g. “speak Gaelic or order in Gaelic, get 10% off” days.

Encourage use of Gaelic in the home where there are families with have Gaelic who lack the confidence to use it daily or where it wasn’t used in their own family growing up. Help to break the cycle of starting in English.

Identify and fill provision gaps (e.g. areas without classes, child-friendly spaces, older learners).

Promote Gaelic reading with children in the home using the range of resources available for learners and fluent speakers.

Organisations who could make it happen

CNES, businesses, community groups, Stòras Uibhist, Bòrd na Gàidhlig, public bodies.

Local cafés, shops, tourism businesses

Individuals

Gaelic Officers, Adult Learning, Cothrom, UHI NWH, CNES, Cnoc Soilleir.

Acair, Pròiseact Pentecostes, Gaelic4Parents, Comhairle nan Leabhraichean, CBeebies na Gàidhlig.

Community Action

Are you a business owner? Add Gaelic signage or ask for help to create/translate it.

Support these events, or start your own “Speak Gaelic event”

Encourage them and explain the importance in terms of improving their own Gaelic and creating a legacy of next generation usage. Support their use of Gaelic.

Tell us what’s missing in your area – you’ll be helping shape what comes next.

Offer your skills to provide e.g., Gaelic story sessions for families.

Buy one of the new children’s books and pass it to a friend who is learning/has Gaelic, to encourage them and their child(ren) to read Gaelic together.

Purpose

Create informal peer groups: “Caraidean Cànan” who meet for walks, chats or shared hobbies.

Organisations who could make it happen

Local volunteers, Gaelic learners, Caraidean Uibhist, Gaelic Officers.

Community Action

Offer to be a buddy or help run a taster group in your area.

4. Àite-obrach | *Workplace*

Ambition: Gaelic is the normal, visible language of work in Uist - from the office to the fishing boat - and is supported in every sector.

“Cha robh Gàidhlig againn aig an taigh, ach dh’ionnsaich mi tron bhun-sgoil. Nuair a ràinig mi an àrd-sgoil, cha robh mòran Ghàidhlig air a cleachdadh taobh a-muigh a’ chlas, agus chaill mi misneachd. Rinn mi Gàidhlig a-rithist anns a’ bhliadhna mu dheireadh agam agus, le taic bho mo thidsear, thàinig m’ ùidh agus mo mhisneachd air ais.

Bha mi ag iarraidh barrachd chothroman Gàidhlig aig an oilthigh agus thòisich mi aig Ceòlas tro sgeama nan oileanach. Tha mi air a bhith ag obair an sin o chionn còrr is ceithir bliadhna – a’ cleachdadh Gàidhlig gach latha. Às dèidh turas do dh’Eilean Sgitheanach, far an do choinnich mi ri oileanaich Ghàidhlig bho air feadh na dùthcha, tha Gàidhlig a-nis na pàirt de gach raon d’am bheatha.

Bu mhath leam gum biodh barrachd dhaoine òga a’ faighinn an aon chothrom.” – **Anndra**

Purpose

Create a short and simple Gaelic Charter template that any organisation can adapt and sign up to.

Develop a handy toolkit for employers with induction materials, signage templates, and case studies to assist with the Gaelic Plans or for those without one.

Organisations who could make it happen

Uist Gaelic Officer, Bòrd na Gàidhlig.

CNES, Uist Beò, Gaelic Officers

Community Action

Ask your employer: “Why don’t we have a Gaelic Charter?” – help adapt it for your team.

Are you in HR? Request this toolkit or volunteer to pilot it

Purpose

Carry out Gaelic language audits in workplaces – skills mapping, needs and opportunities.

Promote the benefits of Gaelic skills in job descriptions and recruitment – challenging the view that Gaelic roles are limited to specific sectors.

Celebrate progress: offer Bronze, Silver and Gold status for workplaces increasing their use of Gaelic.

Facilitate Gaelic social opportunities in the workplace – e.g. coffee break chats, buddy schemes, quizzes.

Encourage Gaelic in lone/home working – create shared online coffee breaks and remote learning buddy groups.

Explore funding to support language upskilling in the workplace.

Increase Gaelic use in frontline services: signage, greetings, info packs, call handling.

Organisations who could make it happen

Gaelic Officer, CNES, Gaelic Business Support organisations

All employers

Bòrd na Gàidhlig, Uist Beò

Employers, Gaelic tutors

Self-employed groups, freelancers, remote workers

CNES, Bòrd na Gàidhlig, SDS

All employers

Community Action

Employers: book an audit to help understand where Gaelic fits in your organisation.

Add “Gaelic desirable” or “Gaelic welcome” to your next job ad.

Aim for an award level in your workplace – shout about your progress publicly.

Suggest a “Gaelic Friday” coffee or run a 10-word challenge each week.

Are you a remote worker? Join or start a Gaelic Zoom catch-up or co-working session in Gaelic.

Check if your job training fund could include Gaelic learning.

Next time you call a public body, ask for the Gaelic greeting – it matters!

Purpose

Create job pathways that allow Gaelic to add value to a non-Gaelic-specific roles (e.g. music teacher, care worker, postal worker).

Organisations who could make it happen

Employers, schools, training providers

Community Action

Are you in a key role? Explore how Gaelic can support your delivery.

5. Ìomhaigh na Gàidhlig ann an Uibhist | *Profile of Gaelic in Uist*

Ambition: Gaelic is seen, heard and celebrated as a core part of daily life in Uist, in modern identity and expression.

Purpose

Practice and preach the message: “Cleachd i no caill i – Use it or lose it” – use Gaelic wherever possible in speech, in writing, on signs, during events etc.

Adopt a Gaelic First policy in communications, branding, and signage - across public and private sectors.

Promote a Gaelic First policy in day-to-day communications.

Celebrate Seachdain na Gàidhlig with island-wide visibility and participation

Organisations who could make it happen

ALL organisations
and groups

CNES, public
bodies, businesses

Individuals

Schools, youth
groups, churches,
employers, local
groups, Ceòlas,

Community Action

Use your Gaelic daily – in a shop, at work, with your kids. Be bold and proud of Gaelic!

Put Gaelic first on your signs, your website, in your emails, on your email signature. Use your Gaelic address.

Assume someone is a Gaelic speaker unless they say otherwise, and this can encourage learners or those lacking in confidence, to respond with greetings such as “madainn mhath” in response.

Get involved! Do something to positively promote and use your Gaelic to highlight its importance and relevance during Seachdain na Gàidhlig.

Purpose

Organisations who could make it happen

Community Action

Encourage all marketing campaigns about Uist (tourism, events, relocation) to be bilingual by default.

Visit Outer
Hebrides, local
groups, Uist Beò

Ask: “Where’s the Gaelic version?” to encourage these organisations to develop a Gaelic First policy

Expand local media content in Gaelic: articles, podcasts, mini videos, radio programmes, “phrase of the week”

Am Pàipear, Rèidio
Cheòlais, youth
media

Start a Gaelic blog, social post or short video – content can be simple.

Partner with tourism, hospitality and housing bodies to promote Gaelic through staff capacity, signage, information sessions about local culture for guests and visitors.

Visit Scotland, HHP,
hotels, guesthouses

Ask your accommodation provider or housing team: “Do you share anything about Gaelic?”

Create high-visibility campaigns: bus adverts, ferry terminals, airport signage in Gaelic.

CNES, Loganair,
CalMac

Spot a gap? Tell the team or share a photo with the hashtag #GàidhligUibhist

Deliver GPS-enabled heritage trails and QR-code signage using Gaelic audio and dialect stories

Uist Unearthed,
Comainn
Eachdraidh, Taigh
Chearsabhagh

Want to voice a trail or tell a local story? Volunteer as a community narrator

Purpose

Celebrate and elevate Cnoc Soilleir as a centre of Gaelic and cultural excellence in Uist.

Organisations who could make it happen

Ceòlas, UHI NWH

Community Action

Use the building! Host events, performances, recordings or teaching in Gaelic. Use Cnoc Soilleir as a hub for supporting other events in your own local community halls

Stiùireadh a' Phlana | *Managing the Plan*

The Uist Gaelic Stakeholder Group will oversee Plana Gàidhlig Uibhist, meeting quarterly to review progress, update actions, and respond to new opportunities. This regular review will keep the plan active and relevant, allowing it to adapt as local circumstances change. The Group will also include a representative of the Gaelic Youth Forum, once established.

www.planauibhist.scot will act as a central point for updates, practical tools, and examples of what's working. It will also help individuals, groups, and organisations find ways to contribute or lead on particular actions.

Social media and regular updates in Am Pàipear will help keep Plana Gàidhlig Uibhist visible and connected to the wider community.


Local ambassadors will be appointed across the islands to encourage progress and to share progress on social media.

The aim is steady, continuing and practical progress and not just a one-off campaign soon put aside. By involving individuals, communities, and working closely with local organisations and public bodies, we can create the conditions for Gaelic to be more present and more widely used in everyday life across Uist.

Gabh an cothrom. Cleachd I no cail I.

Acronyms

BBC RnG	BBC Radio nan Gàidheal
CnaG	Comunn na Gàidhlig
CNES	Comhairle nan Eilean Siar
CPD	Continuing Professional Development
DYW OH	Developing the Young Workforce, Outer Hebrides
HHP	Hebridean Housing Partnership
NHS WI	NHS Western Isles
SDS	Skills Development Scotland
SQA	Scottish Qualifications Authority
TAD	Tobar an Dualchais
UCVO	Uist Council of Voluntary Organisations
UHI NWH	University of the Highlands and Islands, North, West and Hebrides



PLANA GÀIDHLIG IAR-THUATH LEÒDHAIS

Clàr-innse

Na tha sinn airson a choileanadh.....	3
An Suidheachadh.....	4
Toraidhean Cunntas-sluaigh 2022	4
Toraidhean an t-Suirbhidh.....	5
Goireasan Coimhearsnachd	9
Buidhnean Coimhearsnachd	10
Foghlam	11
Clann	14
Oifigearan Gàidhlig agus Leasachadh Coimhearsnachd.....	15
Cothroman Ionnsachaidh	17
Neartan agus Laigsean sa choimhearsnachd	18
Bile nan Cànanan Albannach	20
Dè tha sinn a’ dol a dhèanamh?	21
Prìomhachasan na Coimhearsnachd.....	21
Ruigsinneachd Cànan.....	26
Ìomhaigh agus Misneachd	32
Gnìomhachdan Coimhearsnachd is Cultarail.....	33
Foghlam	40
Conaltradh Thar-ghinealach	44
Cosnadh agus Maoineachadh.....	49
Faicsinneachd agus Brosnachadh.....	54
Riaghaltas agus Poileasaidh	59
Taigheadas	62
Litir bhon bhuidheann stiùiridh.....	63

Na tha sinn airson a choileanadh

'S e lar-thuath Leòdhais aon de na sgìrean mu dheireadh far a bheil Gàidhlig fhathast na cànan coimhearsnachd, ach tha sinn a-nis aig àm èiginneach. Tha an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig nar coimhearsnachdan traidiseanta a' crìonadh gu luath. Às aonais plana soilleir air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd, an lùib goireasan freagarrach agus maoineachadh, leanaidh an crìonadh seo.

Tha cànan, cultar agus dualchas aig cridhe coimhearsnachd lar-thuath Leòdhais. Tha iad nam pàirt den dearbh-aithne againn agus bidh iad a' cruthachadh chothroman sòisealta is eaconamach luachmhor. Tha am plana seo ag amas air na gluasadan cànan a tha sinn air fhaicinn sa choimhearsnachd againn a thionndadh air ais, àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh, agus daoine a bhith a' faireachdainn nas misneachaile ga cleachdadh nam beatha làitheil. **'S e an t-amas gum fàs an cànan anns a' choimhearsnachd.**

Tha amasan sìmplidh, soilleir, fìrinneach aig a' phlana seo gus Gàidhlig a neartachadh sa choimhearsnachd. Ged nach toir e fuasgladh air a h-uile cùis, tha e ag innse prìomhachasan na coimhearsnachd. Tha soirbheachas a' phlana an urra ri barrachd taic is maoineachaidh bho bhuidhnean poblach leithid Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar (CnES), agus Riaghaltas na h-Alba. Le an taic, agus le taic na coimhearsnachd, faodaidh sinn ceuman mòra a ghabhail gus ar cànan a neartachadh. Buinidh am plana seo don a h-uile duine sa choimhearsnachd, a' dèanamh cinnteach gu bheil ar cànan na phàirt riatanach den àm ri teachd.

Tha sinn airson gum bi a' Ghàidhlig air a bruidhinn agus air a cluinntinn sa choimhearsnachd. 'S e an t-amas gum bi i mar phàirt de chòmhraidhean làitheil ann an dachaighean, sgoiltean, gnìomhachasan agus àiteachan poblach. Tha àrdachadh faicsinneachd na Gàidhlig riatanach. Cuidichidh barrachd Gàidhlig ann an soidhnichean poblach, sna meadhanan agus aig tachartasan le bhith ga daingneachadh sa bheatha làitheil. Tha neartachadh ar dearbh-aithne deatamach, a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a comharrachadh mar phrìomh phàirt dhinn.

Chan e cànan a-mhàin a th' anns a' Ghàidhlig, tha i aig cridhe ar cultar agus ar coimhearsnachd. Tha sinn airson tachartasan eadar-ghinealach a mheudachadh, a' brosnachadh a tar-chur eadar sean is òg. Cuidichidh barrachd taic do phàrantan agus teaghlach ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus broснаichidh sin bruidhinn a' chànain sa choimhearsnachd.

Tha sinn airson barrachd chothroman fhaicinn do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh ann an diofar cho-theacsan, tro ionnsachadh structarail no tro chothroman sòisealta. Cha bu chòir cothroman ionnsachaidh a bhith ann an sgoiltean a-mhàin ach bu chòir dhaibh a bhith air feadh na coimhearsnachd, a' tabhann raon de roghainnean do dhaoine de gach aois. Tha amasan cudromach ann a thaobh a bhith a' cruthachadh chothroman obrach co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, a' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan air fhaicinn chan ann a-mhàin mar bhuannachd chultarail ach cuideachd mar bhuannachd eaconamach.

Tha sinn airson gun aithnich a h-uile duine sa choimhearsnachd gu bheil Gàidhlig deatamach nar dearbh-aithne, nar dualchas, agus nar àm ri teachd. Le bhith ag obair còmhla, 's urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gum bi an canan na phàirt bheothail den choimhearsnachd. Tha Gàidhlig na pàirt deatamach de ar coimhearsnachd agus ar dearbh-aithne, agus às aonais sin, caillidh sinn ar cultar. **Chan eil crìonadh ar cànan do-sheachanta.**

An Suidheachadh

Toraidhean Cunntas-sluaigh 2022

Tha toraidhean cunntas-sluaigh 2022 a' sealltainn adhartas agus dragh dhuinn. Ged a tha barrachd dhaoine le sgilean Gàidhlig gu nàiseanta, tha coimhearsnachdan traidiseanta a' faicinn crìonadh mòr.

Gu nàiseanta, tha comas labhairt na Gàidhlig air a dhol suas 21.5%, le 2.5% de shluagh na h-Alba a-nis le sgilean Gàidhlig air choireigin. 'S e seo a' chiad àrdachadh bho 1971, rud math dhan chànan aig ìre nas fharsainghe. Tha an àireamh de dhaoine as urrainn Gàidhlig a leughadh ach aig nach eil sgilean eile air a dhol suas 132.2%, agus tha an àireamh a thuigeas Gàidhlig ach nach bruidhinn i air a dhol suas 107.6%. Tha am fàs as motha air fhaicinn am measg clann aois 3–15, a' sealltainn buaidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) an dà chuid sa choimhearsnachd agus air feadh na h-Alba.

Ach, a dh'aindeoin adhartas nàiseanta, tha a' Ghàidhlig a-nis na mion-chànan anns gach ùghdarras ionadail ann an Alba, Na h-Eileanan an Iar nam measg. Airson a' chiad uair a-riamh, chan e Gàidhlig a' mhòr-chànan ann an gin de na sgìrean comhairle. Anns Na h-Eileanan an Iar, tha 57% de dhaoine ag ràdh gu bheil sgilean Gàidhlig air choireigin aca, sìos bho 61% ann an 2011, agus tha an àireamh de dhaoine comasach air Gàidhlig a bhruidhinn anns na h-Eileanan an Iar air tuiteam gu 45%, a' ciallachadh gur e mion-chànan

a th' innte airson a' chiad uair a-riamh.

Àireamh-sluaigh Iar-thuath Leòdhais a rèir cunntas-sluaigh 2022:

Barabhas – 2,907

Ùig – 1,433

Fhad 's a tha Gàidhlig a' fàs air feadh a' mhòr-chuid de dh'Alba, tha i a' crìonadh anns Na h-Eileanan an Iar, a' Ghàidhealtachd, agus Earra-Ghàidheal is Bhòid. Tha an crìonadh seo ann an coimhearsnachdan traidiseanta a' sealltainn gu bheil feum èiginneach air in-ionmhas agus taic.

Tha e cudromach aideachadh gu bheil dàta an a' chunntais-sluaigh stèidhichte air fèin-mheasadh, agus nach eil e a' tomhas fileantachd no tricead cleachdadh cànan. Ann an coimhearsnachd far nach eil misneachd aig mòran dhaoine nan comas Gàidhlig, dh'fhaodadh gum bi cuid de luchd-bruidhinn na Gàidhlig a' toirt seachad beachd ro ìosal air an comasan.

Tha planaichean cànan coimhearsnachd air fàiligeadh roimhe seo ri linn dìth taic leantainneach bhon ùghdarras ionadail, buidhnean nàiseanta, agus Riaghaltas na h-Alba. Às aonais dealais agus maoineachaidh, tha cunnart ann gum bi na h-aon dhùbhlain mu choinneimh a' phlana seo. Ma tha sinn gu bhith a' cur cùl ri crìonadh na Gàidhlig ann an Iar-thuath Leòdhais, feumaidh maoineachadh agus dealas seasmhach a bhith ann.







Toraidhean an t-Suirbhidh

Thòisich sinn le bhith a' bruidhinn ri buidhnean coimhearsnachd san sgìre gus tuigse fhaighinn air na beachdan aca air a' Ghàidhlig agus mar a bheir an obair aca buaidh air a' chànan sa choimhearsnachd. Chuidich seo le bhith a' comharrachadh prìomh raointean anns a bheil feum againn air taic. Leudaich na còmhraidhean an uair sin gu buidhnean nàiseanta agus buidhnean poblach.

Chuir sinn a-mach suirbhidh, fosgailte do dhuine sam bith a tha a' fuireach sa choimhearsnachd, a chaidh a-mach air-loidhne le pàirt dheth air a chlà-bhualadh agus air

a chur ann an diofar àiteachan coimhearsnachd air feadh na sgìre. Thug na freagairtean sealladh luachmhor dhuinn air beachdan ionadail air ar cànan agus ar cultar.

Survey - Gaelic in North-west Lewis



Sheall an t-suirbhidh dhuinn na prìomh rudan a tha a' toirt buaidh air cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd. 'S e dìth misneachd agus dìth fileantachd na prìomh dhubhlain air feadh na sgìre, le daoine a' faireachdainn diùid Gàidhlig a bhruidhinn air sgàth dìth cleachdaidh no eagal mearachdan a dhèanamh. Tha ruigsinneachd ghoireasan gus taic a thoirt do ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig fhathast gann, ga dhèanamh duilich do luchd-ionnsachaidh agus do fhileantaich a dhol an sàs leis a' chànan.

Tha dùbhlain deamografach a' toirt buaidh air cleachdadh cànan cuideachd. Tha an sluagh a' fàs nas sine, agus tha sin a' ciallachadh gu bheil daoine aig a bheil Gàidhlig o thùs a' fàs nas sine cuideachd. Mar as trice chan eil ginealaichean òga cho buailteach an cànan a chleachdadh ann am beatha làitheil. Tha nas lugha de chloinn air an togail le Gàidhlig aig an taigh, a' lughdachadh tar-chuir eadar ginealaichean. Aig an aon àm, tha luchd òga na Gàidhlig a' gluasad air falbh, agus tha barrachd luchd-labhairt na Beurla a' tuineachadh ann an sgìrean traidiseanta far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn. Tha na factaran sin, còmhla ri atharrachaidhean nas fharsainge nar comann-shòisealta, air gluasad adhbhrachadh a dh'ionnsaigh Beurla mar a' phrìomh chànan.

Nuair a chaidh faighneachd mu an dòchas a thaobh na Gàidhlig sa choimhearsnachd, chuir luchd-freagairt an cèill gu robh iad airson barrachd chothroman a bhith ann airson an cànan a chleachdadh. Bha taic fharsaing ann airson barrachd chlasaichean Gàidhlig, gu sònraichte an fheadhainn tha ag amas air sgilean còmhraidh, gus misneachd a thogail ann a bhith a' bruidhinn sa chànan. Chuir mòran fhreagairtean cuideam air cho cudromach 's a tha e gum biodh an cànan air a bhruidhinn nas fharsainge ann an suidheachaidhean sòisealta, a' daingneachadh gur e cànan a th' ann a tha beò sa choimhearsnachd seach dìreach air a chluinntinn san t-seòmar-sgoile no aig tachartasan foirmeil.

Bha beachdan làidir ann gum bu chòir barrachd thachartasan Gàidhlig a bhith sa choimhearsnachd, gus dèanamh cinnteach gum bi an cànan air a chleachdadh agus air a luachadh. Chaidh cuideam a chur air an fheum air barrachd follaiseachd na Gàidhlig, leis an dòchas an cànan a thoirt a-steach do dh'àiteachan poblach, soidhnichean, agus cleachdadh làitheil.

Feumaidh teaghlaichean le clann òga barrachd taic, gus dèanamh cinnteach gun tèid a' Ghàidhlig a thoirt seachad do ghinealaichean ùra. Bha miann làidir ann airson in-ghabhail eadar muinntir an àite agus an fheadhainn a tha air gluasad don choimhearsnachd, a' cruthachadh àrainneachd far a bheil a h-uile duine a' faireachdainn air am brosnachadh gus an cànan ionnsachadh agus a chleachdadh.

Bha cothroman eaconamach na chuspair cudromach. Tha daoine airson barrachd chothroman obrach fhaicinn a thaobh cànan is cultar, a bheireadh taic don chànan agus a

chuidicheadh le bhith a' cumail dhaoine òga san sgìre le bhith a' toirt seachad chothroman dreuchdail a tha ceangailte ris a' chànan, a' chultar agus an dualchas aca fhèin.

Tha na freagairtean a' sealltainn taic na coimhearsnachd, ach tha iad cuideachd a' sealltainn puingeann gnìomh soilleir agus am feum air barrachd maoinachaidh, bunstructair agus taic gus an toirt gu buil.

Goireasan Coimhearsnachd

Tha goireasan coimhearsnachd deatamach do bheatha làitheil, agus tha daoine den bheachd gu bheil e cudromach gum faicear agus gun cluinnear a' Ghàidhlig anns na h-àiteachan sin. Tha e cudromach don choimhearsnachd gum biodh sgilean Gàidhlig aig luchd-obrach cùram slàinte, daoine a tha ag obair ann am bùthan, agus daoine eile ann an dreuchdan coimhearsnachd. Tha daoine a' faireachdainn nas cofhurtail a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nuair a bhios iad a' cleachdadh sheirbheisean riatanach, agus tha Gàidhlig anns na h-àiteachan sin a' cuideachadh le bhith ga h-àbhaisteachadh.

'S iad eaglaisean aon de na h-àiteachan poblach far a bheil a' Ghàidhlig fhathast ga cleachdadh, ged a tha i air crìonadh gu mòr anns na bliadhnachan mu dheireadh. Tha a' mhòr-chuid de sheirbheisean a' toirt na Gàidhlig a-steach gu ìre. Tha a' choimhearsnachd air mothachadh gu bheil cleachdadh na Gàidhlig air crìonadh taobh a-staigh na h-eaglaise, agus tha dìth sheirbheisean Gàidhlig air a lughdachadh gu mòr mar chànan coimhearsnachd, a' cur ris a' ghluasad nas fharsainghe a dh'ionnsaigh na Beurla.

Tha raon de ghnìomhachasan agus ionadan coimhearsnachd againn, nam measg bùthan, garaidsean, taighean-bìdh, cafaidhean, taighean-òsta, Airbnbs, taighean-seinnse, agus clubaichean sòisealta. Tha ionadan cultarail is eachdraidheil leithid taighean-tasgaidh, comainn eachdraidh, agus urrasan cuideachd nam pàirt chudromach den chruth-tìre ionadail. A bharrachd air sin, tha ionadan spòrsa, ionadan ciùil is ealain, gnìomhachasan neo-eisimeileach, tallachan baile, bùthan carthannais uile a' tabhach àiteachan airson an cleachdadh leis a' choimhearsnachd.

Tha pàirt aig na meadhanan ionadail agus comhairlean coimhearsnachd ann a bhith a' toirt buaidh air a' Ghàidhlig sa choimhearsnachd. Tha pàipearan-naidheachd ionadail, cuairt-litrichean, duilleagan fiosrachaidh agus còig comhairlean coimhearsnachd againn san sgìre. Tha tèarmainn nàdair agus àiteachan sa bhlàr a-muigh a' toirt chothroman airson soidhnichean Gàidhlig, ainmean-àite, agus cur-seachadan treòraichte.

A thaobh ghnìomhachdan sòisealta agus cur-seachad, tha a' choimhearsnachd a' faighinn

buannachd bho chlubaichean pheinnseanairean, buidhnean phàrant, clubaichean chloinne, clubaichean is tachartasan CnaG, clubaichean ball-coise, agus buidhnean eile. Tha na buidhnean sin a' tabhann chothroman cudromach airson cleachdadh cànanain thar ghinealaichean. Bidh a' mhòr chuid de na clubaichean agus na tachartasan sin a' gabhail àite tro mheadhan na Beurla agus tha mòran den bheachd gum biodh àrdachadh ann an gnìomhachdan tro mheadhan na Gàidhlig anns na h-àiteachan seo a' cuideachadh le bhith a' neartachadh a cleachdadh ann am beatha làitheil.

Tha còmhraidhean leantainneach ann mu bhith a' leasachadh ionad Gàidhlig ann an Sgoil Lionail, le taic-airgid de £1.25 millean a chaidh a thoirt don ùghdarras ionadail ann an 2023. Ach, chan eil planaichean air an dèanamh poblach fhathast, agus chan eil tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn an-dràsta.

Buidhnean Coimhearsnachd

Tha tòrr bhuidhnean coimhearsnachd ga fhaighinn doirbh Gàidhlig a thoirt a-steach don obair aca air sgàth dìth luchd-labhairt fileanta no luchd-obrach a tha misneachail a' cleachdadh a' chànanain. Ach, tha taic làidir ann airson na Gàidhlig thar nam buidhnean sin, le mòran dhiubh deònach gnìomhachdan Gàidhlig a chur air dòigh ma gheibh iad na goireasan ceart. Tha seo a' toirt cothrom cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh tro obair cho-obrachail agus goireasan co-roinnte.

Tha diofar mhaoin agus neartan aig gach buidheann taobh a-staigh na coimhearsnachd, agus ged a tha amasan coltach aca, tha mòran aca a' strì leotha fhèin. Dh'fhaodadh dòigh-obrach nas ceangailte cuideachadh le bhith a' meudachadh ghoireasan agus a' cruthachadh lìonra nas làidire agus nas seasmhaiche.

Tha dìth maoineachaidh na dhuilgheadas, tha e a' cuingealachadh an comas seirbheisean a leudachadh, pròiseactan a leasachadh, no luchd-obrach fhastadh. Tha mòran dhiubh an urra ri maoineachadh geàrr-ùine, a chruthaicheas mì-chinnt agus a tha ga dhèanamh do-dhèanta planaichean fad-ùine a leasachadh.

A dh'aindeoin nan dùbhlannan seo, tha loidhnichean conaltraidh làidir aig buidhnean coimhearsnachd le muinntir an àite agus tha iad ann an deagh shuidheachadh airson am brosnachadh gu bhith an sàs ann an tachartasan coimhearsnachd.

Tha gainnead luchd-obrach na chùis fharsaing, le buidhnean a' strì ri luchd-obrach fhasadh agus a chumail. Tha cùmhnantan gearr-ùine agus tuarastalan ìosal ga dhèanamh duilich luchd-obrach fhasadh. Le bhith a' dèiligeadh ris na dùbhlain cosnadh seo, bhiodh e comasach do bhuidhnean cumail orra a' toirt taic do iomairtean Gàidhlig agus a' frithealadh na coimhearsnachd san fharsaingeachd.

Foghlam

Tha ceithir bun-sgoiltean agus ceithir sgoiltean-àraich san sgìre, agus tha iad uile a' tabhann Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FTG). Tha aon sgoil ag obair gu tur tro FTG, gun aonad Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GL). Tha buaidh mhath aig seo air bogadh sa chànan agus fileantachd. Tha a h-uile sgoil-àraich san sgìre ag obair tro mheadhan na Gàidhlig, a' toirt deagh thoiseach tòiseachaidh do chloinn òga sa chànan.

Bhon Mhàrt 2025, tha a' mhòr-chuid de chloinn san sgìre a' dol tro FTG, le trì a-mach à ceithir sgoiltean san sgìre leis a' mhòr-chuid de na sgoilearan aca a' dol tro FTG.

Ceudad de chloinn a' dol tro FTG (Màrt, 2025):

Bun-sgoil Bhreascleit – 100%

Bun-sgoil Lìonail – 68%

Sgoil an Taobh Siar – 73%

Bun-sgoil Shiaboist – 41%

Ach, tha gainnead luchd-obrach, nas lugha de luchd-tadhail bhon taobh a-muigh, agus crìonadh ann an tabhartasan agus maoineachadh air cothroman a lùghdachadh do chloinn. Thar nam bliadhnaichean, tha crìonadh mòr air a bhith ann am fileantachd, rud a tha luchd-obrach foghlaim, pàrantan agus daoine sa choimhearsnachd air mothachadh. Thathas cuideachd air mothachadh gu bheil clann aig a bheil Gàidhlig o thùs a' fulang crìonadh cànan nuair a tha iad ann an àrainneachd far nach eil Gàidhlig air a bruidhinn gu fileanta mun cuairt orra.

Faodaidh clann le feumalachdan a bharrachd taic fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig bho Thidsearan Taic airson Ionnsachadh na Gàidhlig. Ach, tha luchd-obrach foghlaim air

mothachadh gu bheil cha mhòr a h-uile seirbheis bho bhuidhnean taobh a-muigh agus taic aon-ri-aon air an lìbhrigeadh sa Bheurla. Tha iarrtas làidir ann gum bi Speech and Language Therapy ri fhaighinn sa Ghàidhlig.

Tha Gàidhlig aig tòrr luchd-obrach ASN (Additional Support Needs) san sgìre agus tha iad ag obair ann an àrainneachd sgoile far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn, ach aig an aon àm tha luchd-obrach ASN agus SFL ann aig nach eil Gàidhlig agus a tha ag obair ann an seòmraichean-teagaisg na Gàidhlig. Tha tidsearan air cuideam a chur air an fheum air barrachd Luchd-cuideachaidh Cànan na Gàidhlig ann an seòmraichean-teagaisg gus taic a thoirt do bhogadh cànan. Tha buaidh mhòr dheimhinneach aig na dreuchdan seo, a' toirt eisimpleirean do chloinn de chòmhradhean nàdarraich sa Ghàidhlig.

Chaidh diofar ghnìomhachdan agus ghoireasan a stad. Tha seo gu sònraichte follaiseach ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean, far a bheil iomairtean leithid Bookbug, tadhalan sgoiltean-àraich, agus seiseanan ciùil is òrain air an lùghdachadh gu mòr no air an stad. Tha gearraidhean maoin eachaidh an Ùghdarras Ionadail air ciallachadh nach eil tursan sgoile comasach tuilleadh a thaobh ionmhais. Tha Urras Oighreachd Ghabhsainn an-dràsta a' tabhann maoin còmhdaidh a bhios a' cuideachadh cuid de na sgoiltean agus sgoiltean-àraich air an oighreachd aca le cosgaisean siubhail.

San àm a dh'fhalbh, bhiodh cuideigin air fhastadh leis an Ùghdarras Ionadail a' tadhal air sgoiltean gus seiseanan seinn is ciùil a stiùireadh, ach thàinig sin gu crìch nuair a dh'fhàg an neach mu dheireadh an dreuchd. Tha luchd-obrach air a ràdh gu bheil seo air droch bhuaidh mhòr a thoirt air a' chloinn, ag aithneachadh gu bheil ceòl agus dràma a' cluich pàirt chudromach ann a bhith a' cuideachadh chloinne gus an cànan ionnsachadh agus sgilean labhairt a leasachadh. Chuir tidsearan cuideam air gum feumadh barrachd rudan Gàidhlig sa choimhearsnachd a bhith ann gus taic a thoirt do chloinn ann a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig taobh a-muigh àrainneachd na sgoile.

Tha dìth ghoireasan Gàidhlig agus goireasan a tha seann-fhasanta nan adhbhar dragh do luchd-obrach foghlaim. Chan eil goireasan air an ùrachadh gu cunbhalach, agus feumaidh luchd-obrach na stuthan teagaisg aca fhèin a chruthachadh. Tha seo a' cur cuideam a bharrachd air luchd-obrach a tha mar-thà fo uallach agus a' cuingealachadh càileachd agus farsaingeachd goireasan ionnsachaidh na Gàidhlig. Feumaidh luchd-obrach foghlaim san sgìre fhathast na goireasan aca fhèin a chruthachadh agus goireasan Beurla eadar-theangachadh airson an leasan. Bha sgeama ann far am b' urrainn do thidsearan goireasan a chur a-steach airson an ceartachadh, an sgrùdadh agus an uair sin an sgaoileadh gu tidsearan eile. Thug tidsearan fa-near cho soirbheachail 's a bha seo agus

cho mòr 's a tha e air ionndrainn.

Tha luchd-teagaisg air cuideam a chur air luach Luchd-cuideachaidh na Gàidhlig a bhith aca ann an seòmraichean-teagaisg gus an àrainneachd Ghàidhlig a neartachadh. Ach, air sgàth gainnead luchd-obrach agus goireasan cuibhrichte, bhiodh an luchd-cuideachaidh sin gu tric air an toirt air falbh gus taic a thoirt do dhreuchdan feumalachdan a bharrachd (ASN).

Le CNES a' toirt a-steach Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig an àite foghlam tro mheadhan na Beurla, tha atharrachaidhean air a bhith ann. Tha tidsearan air mothachadh a thoirt don bheachd dheimhinneach a th' aig Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a thaobh a' chànain, le clann a' gabhail pàirt ann an tachartasan Gàidhlig agus a' nochdadh ùidh mhòr ann a bhith a' leasachadh an sgilean cànain. Tha dragh air tidsearan nach eil e reusanta a bhith an dùil gum bi sgilean adhartach leughaidh agus sgrìobhaidh aig Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ro dheireadh na bun-sgoile. Tha dragh air tidsearan nach eil fìor adhartas ann airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus gu bheil feum air barrachd obrach air an dòigh-obrach seo. Tha iad a' moladh barrachd cuideim air sgilean cànain labhairteach gus clann a chuideachadh gus misneachd fhaighinn ann a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig sa choimhearsnachd. A bharrachd air sin, tha seo a' cur barrachd cuideam air tidsearan a tha nan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig iad fhèin, le mòran dhiubh a' faighinn taic bho na co-obraichean aca a tha a' bruidhinn na Gàidhlig.

A dh'aindeoin nan duilgheadasan seo, tha FTG gu math soirbheachail le barrachd chloinne ann am FTG na tha ann am FTB. Tha àrdachadh ann an àireamhan airson FTG air an iarrtas airson sgoiltean Gàidhlig a-mhàin san sgìre a thogail. Bhiodh barrachd sgoiltean Gàidhlig a' neartachadh bogadh sa chànan agus a' leasachadh fileantachd am measg dhaoine òga, ged a tha draghan ann bho luchd-obrach foghlaim san sgìre mu dhìth thidsearan Gàidhlig gus seo a chur an gnìomh.

Gus taic a thoirt do theaghlaichean, tha Neach-obrach Taic Litearrachd is Àireamhachd aig Comhairle nan Eilean Siar (CnES), ged a tha mothachadh gu bheil an t-seirbheis seo ann fhathast ìosal. A dh'aindeoin buannachdan FTG, cha d' fhuair luchd-obrach foghlaim taic a bharrachd bho chaidh poileasaidh CnES, 'Gàidhlig mar Chiad Chànan', a thoirt a-steach.

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (UHI NWH) a' tabhann chlasaichean Gàidhlig an-asgaidh do phàrantan le clann ann am FTG, agus do luchd-obrach an NHS. A bharrachd air modalan agus prògraman ceuma a thoirt seachad a tha co-cheangailte ri cànan agus cultar na Gàidhlig, bidh iad cuideachd a' ruith modalan agus prògraman ceuma a tha air an teagasg gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, a' gabhail a-steach

cùrsaichean trèanaidh do thidsearan. Tha an Dreach Plana Gàidhlig ùr aca a' cur fòcas làidir air foghlam stèidhichte sa choimhearsnachd, a' gealltainn clasaichean Gàidhlig a libhrigeadh gu h-ionadail.

Tha iomairtean air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd air pàirt chudromach a ghabhail ann am foghlam Gàidhlig cuideachd. Bha seachdain bogaidh le Grinneabhat agus UHI NWH gu sònraichte soirbheachail, a' toirt còmhla luchd-ionnsachaidh bho air feadh na dùthcha, agus tha planaichean ann airson a' phrògram seo leantainn san àm ri teachd.

Clann

Tha a' mhòr-chuid de chloinn san sgìre a' bruidhinn no a' tuigsinn na Gàidhlig, gu h-àraidh air sgàth Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an sgoiltean ionadail. A dh'aindeoin seo, tha fileantachd a' crìonadh leis nach eil an cànan air a chleachdadh ach ann an àrainneachd sgoile airson a' mhòr-chuid de chloinn. Le glè bheag de chloinn a' bruidhinn na Gàidhlig aig an taigh agus cothrom cuibhrichte air a cleachdadh taobh a-muigh foghlaim, tha a' Ghàidhlig a' call a h-àite ann am beatha làitheil.

Tha Comunn na Gàidhlig (CnaG) ag amas air cothroman a thoirt do chloinn Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile. Bidh iad an-dràsta ag obair sa mhòr-chuid ann an sgoiltean rè na teirm, leis an amas gluasad air falbh bho fhoghlam. Tha dithis oifigear CnaG san sgìre an-dràsta, aonan a tha ag obair làn-ùine agus aonan a tha ag obair pàirt-ùine, a' còmhдах diofar sgìrean sa choimhearsnachd.

Tha cothroman cuibhrichte do chloinn Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile, le glè bheag de thachartasan taobh a-muigh na sgoile sa chànan. Às aonais barrachd àiteachan sòisealta no cur-seachadan sa Ghàidhlig, chan eil cothroman aig daoine òga fileantachd agus misneachd a leasachadh sa chànan.

Tha crìonadh dhachaighean le Gàidhlig fhathast mar aon de na dùbhlain as motha a tha againn sa choimhearsnachd. Às aonais Gàidhlig ga bruidhinn gu cunbhalach aig an taigh, tha clann a' strì ri fileantachd a leasachadh gu nàdarrach, agus tha a' bheàrn seo a' toirt buaidh air cleachdadh na Gàidhlig thar iomadh ginealach.

Tha cùram-chloinne na adhbhar dragh do phàrantan sa choimhearsnachd. Uaireannan, cha bhi àiteachan ri fhaighinn sna sgoiltean-àraich leis gu bheil iad làn, agus chan eil roghainnean aca airson cùram-chloinne prìobhaideach. Tha nas lugha dhiubh a' tabhann cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig, agus mar sin tha e doirbh do theaghlaichean a bhith air am bogadh sa chànan.

Do chloinn nas sine agus deugairean, tha e fhathast na dhùbhlàn dhaibh a bhith an sàs ann an tachartasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Tha seo dualtach a bhith mar thoradh air dìth maoineachaidh airson tachartasan agus prògraman tarraingeach. Às aonais tachartasan Gàidhlig a tha freagarrach agus tarraingeach, bidh com-pàirteachadh agus ùidh a' lùghdachadh fhàd 's a tha daoine òga a' fàs nas sine.

Tha feum soilleir ann air tosgairean a bhruidhneas Gàidhlig taobh a-staigh na coimhearsnachd. Ma chluinneas clann is daoine òga an cànan ga bhruidhinn gu cunbhalach san sgìre, tha iad nas dualtaiche an cànan a chleachdadh iad fhèin. Dh'fhaodadh barrachd faicsinneachd den Ghàidhlig ann an tachartasan coimhearsnachd, àiteachan-obrach agus àiteachan poblach daoine òga a bhrosnachadh gus a bhith a' faireachdainn nas misneachaile ann a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig taobh a-muigh seòmair-sgoile.

Oifigearan Gàidhlig agus Leasachadh Coimhearsnachd

Tha pàirt chudromach aig oifigearan Gàidhlig ann a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh a' chàin. An-dràsta, tha oifigearan san sgìre ann an diofar dhreuchdan:

1 Oifigear làn-ùine aig Comunn na Gàidhlig eadar Nis agus Càrlabhaigh

1 Oifigear pàirt-ùine aig Comunn na Gàidhlig eadar Ùig agus Brèascleit

1 Oifigear Gàidhlig làn-ùine san Tasglann aig Comunn Eachdraidh Nis

1 Oifigear Gàidhlig pàirt-ùine aig Grinneabhat

1 Oifigear Leasachaidh pàirt-ùine aig Urras Oighreachd Ghabhsainn (tha Gàidhlig na pàirt den raon-obrach aice)

1 Oifigear Gàidhlig làn-ùine airson am plana seo ullachadh

Tha lùghdachadh mòr air a bhith ann an dreuchdan oifigearan Gàidhlig, le call Oifigear Gàidhlig aig UOG sna bliadhnaichean roimhe agus call an Oifigear Gàidhlig ann an Càrlabhagh bho thòisich an iomairt seo. Tha call oifigear airson na dreuchd seo air ciallachadh gu bheil crìonadh follaiseach air a bhith ann an rudan Gàidhlig ann an sgìre Chàrlabhaigh, a' soilleireachadh buaidh call nan dreuchdan sin.

Tha mòran dhaoine a' faireachdainn gu bheil gainnead oifigearan Gàidhlig sa choimhearsnachd. Tha an fheadhainn a tha fhathast sna dreuchdan a' faireachdainn gu bheil cus obrach aca ri dhèanamh le glè bheag de mhaoineachadh. Tha diofar bhuidhnean aig an robh oifigearan Gàidhlig roimhe a' strì ri dreuchdan bàn a lìonadh, oir tha iad a' faireachdainn gu bheil tuarastalan ìosal agus cùmhnantan geàrr-ùine a' cur bacadh air tagraidhean.

Tha an aithisg a chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid air Siabost air buaidh dìth maoineachaidh agus dìth taic air coimhearsnachd a shoilleireachadh. Chaidh *Staid na Gàidhlig ann an Siabost* fhoillseachadh le Sabhal Mòr Ostaig ann an 2010 an dèidh rannsachadh ionadail. Chomharraich an aithisg crìonadh na Gàidhlig mar chànan coimhearsnachd. Mar fhreagairt, dh'obraich Comunn na Gàidhlig agus Bòrd na Gàidhlig le oifigear leasachaidh gus plana coimhearsnachd a chruthachadh. Bha an iomairt seo gu math soirbheachail, a' leantainn gu leasachadh agus taic do iomadh prògram agus gnìomhachd Gàidhlig san sgìre. Ach, nuair a chaidh maoineachadh airson a' phlana a tharraing air ais, stad a' mhòr-chuid de na h-iomairtean sin, agus mar thoradh air sin, chaidh tachartasan agus cothroman Gàidhlig sìos gu mòr san sgìre, gu h-àraidh do dhaoine òga.

Tha dìth maoineachaidh ga dhèanamh duilich tachartasan Gàidhlig a chur air dòigh, iomairtean ùra a chuir air bhog, no conaltradh fad-ùine a thogail leis a' choimhearsnachd. Fiù 's nuair a bhios tachartasan Gàidhlig air an dealbhadh, bidh cuid aca a' gluasad gu Beurla nuair a bhios daoine aig nach eil Gàidhlig an làthair. Tha cuid de bhuidhnean coimhearsnachd a' diùltadh tachartasan Gàidhlig a-mhàin a ruith, agus tha seo a' luathachadh an gluasaid gu Beurla agus a' lughdachadh chothroman airson cleachdadh nàdarra na Gàidhlig.

A dh'aindeoin nan dùbhlain sin, tha Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de dhaoine a bhios an làthair aig tachartasan coimhearsnachd, agus tha sin a' ciallachadh, leis an taic cheart, gum faodadh na tachartasan seo a bhith air an neartachadh mar àiteachan far a bheil an cànan ga bhruidhinn.

Roimhe seo, bhiodh oifigearan CnaG a' cur buidhnean fòcais air dòigh, a' toirt daoine sa choimhearsnachd còmhla a bha an sàs ann an Saoghal na Gàidhlig. Ach, sguir na coinneamhan sin thar ùine. Tha còmhraidhean a' dol air adhart a-nis mu bhith ag ath-thòiseachadh nan buidhnean fòcais seo gus barrachd co-obrachaidh agus goireasan co-roinnte a bhrosnachadh.

Tha dithis chruthaiche susbaint coimhearsnachd aig MG Alba. Chan eil Gàidhlig aig aonan, agus tha i a' dèanamh oidhirp ionnsachadh leatha fhèin. Chan eil na dreuchdan seo ach geàrr-ùine agus thig iad gu crìch an ath-bhliadhna.

Tha gainnead oifigearan Gàidhlig a' toirt buaidh air meud agus càileachd thachartasan Gàidhlig. Às aonais oifigearan a bharrachd, bidh comas taic a thoirt do leasachadh agus àbhaisteachadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd fhathast cuingealaichte. Tha call oifigear Gàidhlig Chàrlabhaigh o chionn ghoirid air sealltainn mar-thà mar a tha lùghdachadh nan dreuchdan sin a' leantainn gu crìonadh ann an Gàidhlig sa choimhearsnachd.

Cothroman Ionnsachaidh

An-dràsta, chan eil mòran cothroman airson Gàidhlig ionnsachadh sa choimhearsnachd. Tha Grinneabhat a' tabhann dà chlas SpeakGaelic gach seachdain, agus tha seiseanan còmhraidh neo-fhoirmeil air an cumail gach seachdain aig Comunn Eachdraidh Nis. Ach, chan eil sin a' coinneachadh ris an iarrtas, agus tha beàrnan mòra anns an t-solar.

Bha diofar chlasaichean Gàidhlig rim faighinn ann an Càrlabhaigh, ach tha iad air stad bhon a dh'fhalbh an oifigear aca. Tha seo a' soilleireachadh mar a bheir gainnead luchd-obrach buaidh dhìreach air ruigsinneachd gu ionnsachadh na Gàidhlig.

Tha dìth oidean na dhuilgheadas mòr. Ged a tha mòran luchd-labhairt fileanta sa choimhearsnachd, chan eil mòran a' faireachdainn misneachail a bhith ga teagasg. Às aonais barrachd oidean, tha leudachadh ionnsachadh na Gàidhlig nas fhaide na na h-ìrean bunaiteach fhathast na dhùbhlàn.

Tha miann làidir ann airson roghainnean ionnsachaidh nas ruigsinniche, gu h-àraidh do luchd-ionnsachaidh agus teaghlaichean. Dh'fhaodadh barrachd cothroman còmhraidh neo-fhoirmeil sa Ghàidhlig, cùrsaichean ionnsachaidh structaraichte, agus cothroman bogaidh cuideachadh le bhith a' neartachadh a' chàinain thar ghinealaichean.

Neartan agus Laigsean sa choimhearsnachd

Neartan

Tha ceudad àrd de luchd-labhairt dùthchasach na Gàidhlig ann

Tha faireachdainn làidir de thaic agus coimhearsnachd ann

Tha eachdraidh, cultar agus traidiseanan beairteach ann air a bheil luach aig daoine a tha a' fuireach an seo

Tha spèis choitcheann ann airson cànan agus cultar na Gàidhlig

Tha ìre eucoir ìosal againn

Tha e na àite sàbhailte

Tha e na àrainneachd mhath airson clann a thogail

Tha ìre mhath de ghoireasan ionadail ann

Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh na sgìre eadar-dhealaichte agus a' tàladh luchd-tadhail

Tha ìre àrd de Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FTG) ann an sgoiltean ionadail

Tha buidhnean coimhearsnachd sònraichte againn a' brosnachadh na Gàidhlig

Tha deòin làidir ann obair shaor-thoileach a dhèanamh agus taic a thoirt do iomairtean cànain is coimhearsnachd

Laigsean

Tha atharrachaidhean deamografach ann a tha a' toirt buaidh air cleachdadh na cànain

Tha daoine òga a' gluasad air falbh airson obair agus foghlam, agus tha an sluagh a' fàs nas sine

Tha èiginn taigheadais againn, le dìth thaighean aig prìs ruigsinneach agus an àireamh de dhàrna taighean a' dol an àrd

Tha croitean gu math daor, ga dhèanamh duilich do theaghlaichean dùthchasach fuireach

Tha cothroman obrach gann, ga dhèanamh duilich luchd-labhairt òga a chumail

Chan eil maoineachadh gu leòr ann airson pròiseactan agus iomairtean na Gàidhlig

Tha cus eisimeileachd air saor-thoilich airson prògraman cànain is cultarail

Tha beàrn ann eadar munntir an àite agus daoine a tha air gluasad a-staigh

Tha feum air àrainneachd nas in-ghabhalaich gus ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh

Tha cosgais bith-beò nas àirde againn na sgìrean eile ann an Alba, a' gabhail a-steach bochdainn connaidh

Tha nàdar ràitheil margaidh na turasachd na thrioblaid

Tha crìonadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean agus sa choimhearsnachd nas fharsainghe

Tha nas lugha de dhaoine a' fàs suas le Gàidhlig mar a' chiad chànan aca

Bile nan Cànanan Albannach

Tha Bile nan Cànanan Albannach a tha an-dràsta a' dol tron Phàrlamaid ag amas air inbhe oifigeil a thoirt don Gàidhlig agus don Albais ann an Alba. 'S e prìomh fhòcas taic agus adhartachadh na Gàidhlig, gu h-àraidh ann an coimhearsnachdan traidiseanta.

Iarraidh am Bile air Riaghaltas na h-Alba Ro-innleachd Nàiseanta na Gàidhlig a leasachadh, a' dol an àite Plana Nàiseanta na Gàidhlig a th' ann mar-thà. Bu chòir don ro-innleachd seo ceumannan fad-ùine a mhìneachadh gus a' Ghàidhlig a dhìon agus a bhrosnachadh

Tha am Bile a' toirt a-steach dleastanasan ùra do bhuidhnean poblach, a' comasachadh do Mhinistearan na h-Alba iarraidh orra a' Ghàidhlig adhartachadh agus a brosnachadh.

Tha fòcas làidir den reachdas air foghlam. Iarraidh am Bile air Ministearan na h-Alba Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig adhartachadh agus cumhachdan a thoirt dhaibh gus inbhean a shuidheachadh agus stiùireadh a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail. Bidh dleastanas air ùghdarrasan ionadail taic a thoirt do Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus a leudachadh, a' dèanamh cinnteach gum bi barrachd chothroman ann airson ionnsachadh na Gàidhlig air feadh na h-Alba.

Tha Riaghaltas na h-Alba air cuideam a chur air taic a thoirt do choimhearsnachdan Gàidhlig, le Bòrd na Gàidhlig (BnaG) a' cluich pàirt chudromach. Tha seo a' gabhail a-steach leudachadh chothroman airson cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig. Tha e riatanach gum bi an Riaghaltas agus BnaG a' dèanamh cinnteach gu bheil maoineachadh

agus cothroman cosnadh air an leasachadh anns na coimhearsnachdan seo, gus dèanamh cinnteach à seasmhachd a' chànain.

Dè tha sinn a' dol a dhèanamh?

'S e seo a' chiad phlana Gàidhlig air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd airson Iar-thuath Leòdhais, a' còmhach na sgìre eadar Nis agus Loch a' Ghainmhich. Tha e stèidhichte air beachdan na coimhearsnachd, a' dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan agus prìomhachasan ionadail air thoiseach.

Tha am plana air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, le stiùireadh bho bhuidheann stiùiridh de riochdairean bho dhiofar bhuidhnean coimhearsnachd; Comunn Eachdraidh Nis, Urras Oighreachd Ghabhsainn, Grinneabhat, Comann Coimhearsnachd Chàrlabhaigh.

Thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh, chuidich rannsachadh agus conaltradh leis a' choimhearsnachd le bhith ag aithneachadh Phrìomhachasan. Tha am plana seo a' mìneachadh mar a thèid na prìomhachasan sin a choileanadh agus na gnìomhan sònraichte a dh'fheumar gus a' Ghàidhlig a neartachadh taobh a-staigh na coimhearsnachd.

Prìomhachasan na Coimhearsnachd

Ruigsinneachd Cànan

- A' toirt taic do dhaoine aig gach ìre fileantachd gus an cànan a chleachdadh.

- A’ dèiligeadh ris a’ bhuidhe a th’ aig “modhalachd” ri luchd na Beurla air cleachdadh cànan.
- A’ toirt barrachd taic agus fiosrachaidh mu FTG do theaghlaichean.
- Ath-thòiseachadh iomairtean a bha a’ gabhail àite sa choimhearsnachd roimhe seo.
- Seirbheisean a thoirt seachad sa Ghàidhlig.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ mhòr-chuid den choimhearsnachd a’ bruidhinn na Gàidhlig.
- A’ neartachadh nan ceanglaichean eadar fileantaich agus neo-fhileantaich.

Ìomhaigh agus Misneachd

- Iomairt margaidheachd gus ìomhaigh agus dearbh-aithne na Gàidhlig nar coimhearsnachdan a leasachadh

Gnìomhachdan Coimhearsnachd is Cultarail

- A’ brosnachadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil agus a’ dèanamh cleachdadh na Gàidhlig na rud àbhaisteach.
- A’ cumail thachartasan a tha a’ gabhail a-steach a h-uile aois agus ùidh.
- A’ tabhann gnìomhachdan cultarail a bhios a’ comharrachadh ar traidiseanan.
- A’ meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an eaglaisean.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil iomairtean cànan tarraingeach.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil goireasan coimhearsnachd fhathast air an cleachdadh.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean a tha sa choimhearsnachd mar-thà a’ brosnachadh agus a’ cleachdadh na Gàidhlig.

Foghlam

- A’ toirt seachad foghlam stèidhichte sa choimhearsnachd agus clasaichean ruigsinneach.
- A’ brosnachadh diofar dhòighean air Gàidhlig ionnsachadh taobh a-muigh suidheachaidhean sgoile traidiseanta.
- A’ tagradh airson sgoiltean Gàidhlig.
- A’ neartachadh na h-obrach a th’ ann an-dràsta eadar sgoiltean agus a’ choimhearsnachd.
- A’ cruthachadh goireasan nas fheàrr do luchd-obrach foghlaim san sgìre

Conaltradh Thar-ghinealach

- A’ brosnachadh theaghlaichean gus Gàidhlig a bhruidhinn le clann aig an taigh, agus sa choimhearsnachd.
- A’ cur fòcas air tar-chur sgilean eadar-ghinealach
- A’ toirt taic do dhaoine òga gus Gàidhlig a chleachdadh fhàd 's a tha iad a’ fàs nas sine.
- A’ neartachadh thachartasan/goireasan airson clann òga.
- A’ clàradh eòlas a th’ aig daoine nas sine sa choimhearsnachd.

Cosnadh agus Maoineachadh

- A’ cruthachadh obraichean seasmhach a bhios a’ brosnachadh Gàidhlig sa choimhearsnachd.
- A’ cruthachadh dhreuchdan “Gàidhlig riatanach” sa choimhearsnachd.
- A’ ceangal na Gàidhlig ri buannachdan agus cothroman eaconamach.
- A’ faighinn maoineachadh a bharrachd airson buidseatan oifigearan Gàidhlig san sgìre.

- A’ lughdachadh an eisimeileachd air saor-thoilich, a tha an-dràsta a’ ruith a’ mhòr-chuid de na tachartasan sa choimhearsnachd.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil oifigearan coimhearsnachd/leasachaidh air am pàigheadh gu h-iomchaidh.
- A’ tagradh airson cùmhnanntan nas fhaide airson dreuchdan coimhearsnachd.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil airgead bho thachartasan sa choimhearsnachd a’ dol air ais chun choimhearsnachd.
- A’ cruthachadh barrachd chothroman trèanaidh tro mheadhan na Gàidhlig.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil ìre de Ghàidhlig aig luchd-obrach cùram slàinte agus luchd-obrach an NHS a tha ag obair sa choimhearsnachd.

Faicsinneachd agus Brosnachadh

- A’ neartachadh faicsinneachd agus cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan poblach agus àiteachan-obrach.
- A’ meudachadh cleachdadh na Gàidhlig air na meadhanan sòisealta agus margaidheachd.
- A’ dèanamh soilleir gur e coimhearsnachd Gàidhlig a tha seo.
- A’ dèanamh soilleir gu bheil a’ Ghàidhlig riatanach don choimhearsnachd agus a’ sealltainn do dhaoine a tha air gluasad an seo/luchd-tadhail mu cho cudromach ’s a tha i.
- A’ tuigsinn gu bheil barrachd chothroman ann le turasachd, agus a’ cleachdadh na roinne seo gus ar cànan agus ar cultar adhartachadh.

Riaghaltas agus Poileasaidh

- A’ meudachadh maoineachaidh airson iomairtean Gàidhlig sa choimhearsnachd.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh fosgailte aig buidhnean ionadail agus gu bheil iad ag obair còmhla air pròiseactan.

- A’ cur feum air poileasaidhean Gàidhlig, le cunntachalachd, airson a h-uile buidheann a gheibh maoineachadh Gàidhlig.
- A’ cur cuideam air an Ùghdarras Ionadail agus an Riaghaltas gus coinneachadh ri feumalachdan na coimhearsnachd.
- A’ dèanamh ath-sgrùdadh air poileasaidh ‘Gàidhlig mar Chiad Chànan’ aig CnES agus a’ dèanamh cinnteach gu bheil taic a bharrachd ann mar a tha e a’ dol air adhart.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil an taic agus am maoineachadh iomchaidh air a thoirt seachad leis an Riaghaltas/BnaG/CnES ma tha sinn gu bhith air ainmeachadh mar “Sgìrean Cànan Sònraichte”, gus eaconamaidh na Gàidhlig a neartachadh.
- A’ cur cuideam air buidhnean aig a bheil planaichean Gàidhlig , agus a’ dèanamh cinnteach gu bheil iad gan sgrùdadh agus gan cur an gnìomh no a’ fulang pheanasan (no a’ faighinn taic a bharrachd gus an cur an gnìomh) bhon Riaghaltas/BnaG/CnES.

Taigheadas

- A’ cumail smachd air àireamh nan dàrna dachaighean san sgìre gus luchd na Gàidhlig a chumail.
- A’ cumail smachd air prìs chroitean/ lotaichean.
- A’ comasachadh morgaidsean airson taighean-croite gus cuideachadh le bhith a’ cumail daoine òga le Gàidhlig san sgìre.

Ruigsinneachd Cànan

Prìomhachas	A' toirt taic do dhaoine aig gach ìre fileantachd gus an cànan a chleachdadh.
Cleachdadh làithreach	Tha clasaichean Gàidhlig ann an Grinneabhat airson diofar ìrean de luchd-ionnsachaidh a bharrachd air cearcall còmhraidh ann an Comunn Eachdraidh Nis. Tha cùrsaichean bogaidh gan ruith gu cunbhalach ann an Grinneabhat.
Gnìomh	Clasaichean Gàidhlig a chur air dòigh thar diofar choimhearsnachdan. Air a lìbhrigeadh le UHI NWH Buidhnean coimhearsnachd
	Cùrsaichean bogaidh a leudachadh sa choimhearsnachd. Air a lìbhrigeadh le UHI NWH Buidhnean coimhearsnachd Fèisean nan Gàidheal
	Buidhnean còmhraidh neo-fhoirmeil fo stiùir na coimhearsnachd a leasachadh ann an àiteachan sòisealta. Air a lìbhrigeadh le Oifigearan Gàidhlig Buidhnean coimhearsnachd
	Stèidhich prògram coidsidh a' paidhreachadh luchd-ionnsachaidh le fileantaich. Air a lìbhrigeadh le Oifigearan Gàidhlig

	Buidhnean coimhearsnachd UHI NWH
	Cuir air bhog iomairtean meadhanan sòisealta Gàidhlig gus brosnachadh a thoirt don choimhearsnachd postadh sa Ghàidhlig. Air a lìbhrigeadh le Oifigearan Gàidhlig Buidhnean coimhearsnachd Gnìomhachasan ionadail
	Cuir air dòigh clasaichean gràmair agus cùrsaichean ùrachaidh. Air a lìbhrigeadh le UHI NWH
	Dèan clasaichean agus goireasan ro- chlàraichte Air a lìbhrigeadh le Stòrlann UHI NWH

Prìomhachas	A’ dèiligeadh ris a’ bhuidhe a th’ aig “modhalachd” ri luchd na Beurla air cleachdadh cànan.
Cleachdadh làithreach	Tha a’ choimhearsnachd air mothachadh gu bheil cleachdadh na Gàidhlig mar chànan coimhearsnachd air crìonadh thar ùine, agus tha tòrr dhaoine air a ràdh gu bheil iad a’ faireachdainn mì-chofhurtail a’ bruidhinn Gàidhlig air beulaibh dhaoine aig nach eil Gàidhlig agus mar sin a’ tionndadh còmhraidhean gu Beurla.
Gnìomh	Trèanadh Eolas air a’ Ghàidhlig ga thabhann sa choimhearsnachd agus do ghnìomhachasan ionadail Air a lìbhrigeadh le Fèisean nan Gàidheal Oifigearan Gàidhlig

Priomhachas	A' toirt barrachd taic agus fiosrachadh mu FTG do theaghlaichean.
Cleachdadh làithreach	Tha taic ann do theaghlaichean tro bhuidhnean leithid Comann nam Pàrant agus CnES a bheir seachad goireasan gus Gàidhlig a bhrosnachadh anns an dachaigh. Tha iomadh goireas air-loidhne ann gus taic a thoirt do theaghlaichean agus Gàidhlig anns an dachaigh agus san sgoil. Tha oifigear aig CnES a bheir seachad taic Gàidhlig do theaghlaichean ann am FMG, ged nach eil mòran a' gabhail brath air an t-seirbheis.
Gnìomh	Stèidhich clubaichean obair-dachaigh do chloinn ann am FMG.
	Sgaoil pasganan de ghoireasan Gàidhlig do theaghlaichean le clann ann am FMG. Air a lìbhrigeadh le Comann nam Pàrant CnES
	Cruthaich barrachd ghoireasan le litreachadh fònaiteach do theaghlaichean gus taic a thoirt do ionnsachadh aig an taigh Air a lìbhrigeadh le Comann nam Pàrant CnES
	Stèidhich buidhnean pàrant is pàiste agus seiseanan cluiche Air a lìbhrigeadh le Comann nam Pàrant CnES Buidhnean coimhearsnachd

	Dèan cinnteach gu bheil loidhnichean conaltraidh fosgailte le sgoiltean gus fios a chur gu pàrantan agus goireasan a chur a-mach
	Dèan cinnteach gu bheil teaghlaichean a' faighinn fiosrachadh mu ghoireasan a tha rim faighinn mar tha gus taic a thoirt don Ghàidhlig taobh a-staigh an dachaigh

Priomhachas	Ath-thòiseachadh iomairtean a bha a' gabhail àite sa choimhearsnachd roimhe seo.
Cleachdadh làithreach	Stad tòrr iomairtean soirbheachail sa choimhearsnachd air sgàth diofar adhbharan. Chaidh dìth thachartasan/iomairtean Gàidhlig san sgìre a thoirt fa-near cuideachd.
Gnìomh	Bookbug Thig a chluich Cuaritean Sgoil-àraich Sradagan Buidheann Fòcais Buidheann Fòcais Òigridh Pàrant is Pàiste

Priomhachas	Seirbheisean a thoirt seachad sa Ghàidhlig
Cleachdadh làithreach	Tha CnES a' lìbhrigeadh raon farsaing de sheirbheisean sa Ghàidhlig, agus tha iad ag

	amas air seo a leudachadh mar a tha air a ràdh anns a’ Phlana Ghàidhlig aca. Tha gainnead sheirbheisean taic a bharrachd rim faighinn do chloinn tro mheadhan na Gàidhlig, agus a’ mhòr-chuid dhiubh air an lìbhrigeadh sa Bheurla. Tha cuid de luchd-obrach cùram slàinte agus coimhearsnachd ann a bhruidhneas Gàidhlig, agus tha a’ choimhearsnachd ag iarraidh barrachd – gu sònraichte an fheadhainn a tha ag obair le seann dhaoine sa choimhearsnachd.
Gnìomh	A’ toirt “Speech and Language” (NHS) do chloinn ann an Gàidhlig. Air a lìbhrigeadh le NHS CnES
	Cuir leasan an Gàidhlig air dòigh do luchd-obrach cùram slàinte san sgìre. Air a lìbhrigeadh le NHS CnES UHI NWH
	Dèan cinnteach gu bheil dreuchdan Gàidhlig Riatanach/Miannaichte ann am buidhnean nàiseanta a tha ag obair sa choimhearsnachd. Air a lìbhrigeadh le CnES HES Buidhnean coimhearsnachd Buidhnean nàiseanta
Prìomhachas	A’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ mhòr-chuid den choimhearsnachd a’ bruidhinn Gàidhlig.

Cleachdadh làithreach	Tha Gàidhlig a-nis na mion- chànan anns a h-uile ùghdarras ionadail ann an Alba.
Gnìomh	Brosnaich FMG do theaghlaichean gus dèanamh cinnteach gum bi a' mhòr-chuid de chloinn a' dol tro FMG. Air a lìbhrigeadh le CnES Comann nam Pàrant
	Dèan cinnteach gu bheil iomairtean tarraingeach a' gabhail àite sa choimhearsnachd a bhios a' cleachdadh na Gàidhlig. Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Gàidhlig Oifigearan Leasachaidh
	Cuir air dòigh raon de chlasaichean agus chothroman còmhraidh. Air a lìbhrigeadh le UHI NWH Buidhnean coimhearsnachd
	Brosnaich cleachdadh na Gàidhlig am measg a h-uile duine sa choimhearsnachd. Air a lìbhrigeadh leis A' choimhearsnachd

Prìomhachas	A' neartachadh nan ceanglaichean eadar fileantaich agus neo-fhileantaich.
Cleachdadh làithreach	Chan eil mòran chothroman ann do dhaoine aig diofar ìrean fileantachd eadar-obrachadh sa chànan.
Gnìomh	Prògram coidseachaidh a' paidhreachadh luchd-ionnsachaidh le fileantaich Air a lìbhrigeadh le Oifigearan Gàidhlig CnES

	Brosnaich tachartasan a tha fosgailte do luchd-labhairt aig gach ìre. Air a libhrigeadh le Oifigearan Leasachaidh
	Brosnaich Gàidhlig ann an suidheachaidhean sòisealta. Air a libhrigeadh leis A' choimhearsnachd
	Brosnaich tachartasan Gàidhlig sa choimhearsnachd. Air a libhrigeadh le Oifigearan Leasachaidh Buidhnean coimhearsnachd

Ìomhaigh agus Misneachd

Prìomhachas	Iomairt margaidheachd gus ìomhaigh agus dearbh-aithne na Gàidhlig ar coimhearsnachdan a leasachadh
Cleachdadh làithreach	Tha a' mhòr-chuid de chloinn san sgìre a' dol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh cuid de oighreachdan, urrasan agus buidhnean coimhearsnachd a' brosnachadh agus a' margaidheachd ar coimhearsnachdan Gàidhlig.
Gnìomh	Cuir iomairt fiosrachaidh air bhog mu bhuannachdan dà-chànanais. Air a libhrigeadh le CnES Comann nam Pàrant
	Cuir bùthan-obrach air dòigh mu chultar is dualchas. Air a libhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Leasachaidh HES

	Cuir iomairt air dòigh a tha a’ taisbeanadh sgilean ionadail, an dà chuid ùr-nodha agus traidiseanta. Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Leasachaidh
	Cuir seiseanan dualchais is sgeulachdan air dòigh. Cuir iomairt air dòigh gus dualchas is eachdraidh a chruinneachadh. Air a lìbhrigeadh le Comainn Eachdraidh Oifigearan Leasachaidh Àrainneachd Eachdraidheil Alba Fèisean nan Gàidheal Buidhnean coimhearsnachd
	Meudaich Gàidhlig air na meadhanan ionadail. Air a lìbhrigeadh le Pàipearan-naidheachd ionadail Duilleagan meadhanan sòisealta ionadail
	Taic a thoirt do Ghnìomhachasan gus Gàidhlig a thoirt a-steach don bhràndadh agus don mhargaidheachd aca Air a lìbhrigeadh le HIE CnES Buidhnean coimhearsnachd

Gnìomhachdan Coimhearsnachd is Cultarail

Prìomhachas	A’ brosnachadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil agus coimhearsnachd agus a’ dèanamh
--------------------	---

	cleachdadh na Gàidhlig na rud àbhaisteach.
Cleachdadh làithreach	Ged a tha crìonadh air a bhith ann, tha a' Ghàidhlig fhathast ga cleachdadh agus ga cluinntinn sa choimhearsnachd, agus ann an cuid de ghnìomhachasan agus bhuidhnean.
Gnìomh	Buidhnean còmhraidh fo stiùir a' choimhearsnachd a leasachadh ann an àiteachan sòisealta. Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Leasachaidh
	Clàr de thachartasan Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd a leasachadh. Air a lìbhrigeadh le Oifigearan Gàidhlig Oifigearan Leasachaidh Buidhnean coimhearsnachd
	Brosnaich cleachdadh na Gàidhlig anns a h-uile raon den choimhearsnachd Air a lìbhrigeadh leis A' choimhearsnachd
	Seiseanan goirid a thabhann le luchd-obrach a' toirt seachad abairtean feumail. Air a lìbhrigeadh le Gnìomhachasan ionadail Buidhnean coimhearsnachd
	Cothroman ionnsachaidh neo-fhoirmeil sa choimhearsnachd Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Gàidhlig Oifigearan Leasachaidh

	Na cleachd Gàidhlig tòcanach ann an suidheachaidhean poblach agus feuch ris a' chànan a chleachdadh nas fhaide na "fàilte" ghoirid no beagan fhaclan mus gluais sinn gu Beurla. Air a lìbhrigeadh leis A' choimhearsnachd
	Brosnaich "Gàidhlig an Toiseach" sa choimhearsnachd. Air a lìbhrigeadh leis A' choimhearsnachd
	Brosnaich cleachdadh ainmean-àite Gàidhlig an àite nan eadar-theangachaidhean Beurla le luchd na Beurla agus Gàidhlig.

Prìomhachas	A' cumail thachartasan a tha a' gabhail a-steach a h-uile aois agus ùidh.
Cleachdadh làithreach	Tha cuid de thachartasan Gàidhlig a' gabhail àite sa choimhearsnachd an-dràsta, agus thug a' choimhearsnachd fa-near gu robh feum air barrachd.
Gnìomh	Fòcas air tachartasan thar-ghinealach gus brosnachadh a thoirt do thar-chur eadar-ghinealach. Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Leasachaidh
	Brosnaich tachartasan do theaghlaichean Gàidhlig san sgìre. Air a lìbhrigeadh le Comunn na Gàidhlig Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Leasachaidh

	Dèan cinnteach gu bheil susbaint nan tachartasan freagarrach agus tarraingeach do dhiofar bhuidhnean aoise. Air a lìbhrigeadh le Buidheann Fòcas Òigridh (CnaG)
	Biodh cuideigin sa choimhearsnachd a tha a' toirt taic do thachartasan Gàidhlig. Air a lìbhrigeadh le Oifigearan Gàidhlig
	Brosnaich cleachdadh eadar-theangachaidh beò aig tachartasan Gàidhlig gus dèanamh cinnteach à in-ghabhalachd agus gus casg a chur air an tachartas bho bhith a' tionndadh gu Beurla. Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd

Prìomhachas	A' tabhann ghnìomhachdan cultarail a bhios a' comharrachadh ar traidiseanan.
Cleachdadh làithreach	Tha cuid de ghnìomhachdan cultarail a' gabhail àite sa choimhearsnachd, agus tha a' mhòr-chuid dhiubh air an eagrachadh le oighreachdan, urrasan agus buidhnean coimhearsnachd.
Gnìomh	Fòcas air roinneadh sgilean traidiseanta; mòine, iasgach, fighe, msaa. Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Leasachaidh Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (CnES)
	Brosnaich eòlas air a' Ghàidhlig tro bhith tabhach greisean-fuirich sa choimhearsnachd.

	Air a libhrigeadh le Alba Chruthachail Sabhal Mòr Ostaig UHI NWH
	Obraich le Comainn Eachdraidh
	Brosnaich ar dual-chainntean ionadail agus brosnaich an teagasg ann an clasaichean.
	Brosnaich tachartasan anns a bheil bàrdachd is òrain Gàidhlig gus ar cultar a chomharrachadh agus a' chànan a bhrosnachadh.

Prìomhachas	A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an eaglaisean.
Cleachdadh làithreach	Chan eil mòran sheirbheisean Gàidhlig sa choimhearsnachd, leis a' choimhearsnachd a' mothachadh crìonadh mòr ann an cleachdadh taobh a-staigh na h-eaglaise.
Gnìomh	Cleachd na meadhanan sòisealta gus seirbheisean Gàidhlig a tha ann mar-thà a shanasachadh.

Prìomhachas	A' dèanamh cinnteach gu bheil iomairtean cànan tarraingeach.
Cleachdadh làithreach	Chan eil buidhnean fòcais Gàidhlig a choinnich roimhe sa choimhearsnachd gus beachdachadh air tachartasan ionadail a' coinneachadh tuilleadh.
Gnìomh	Tachartasan agus bùthan-obrach a chur air dòigh a tha tarraingeach don ghinealach òg, agus beachdan a thighinn bhuapa Air a libhrigeadh le Buidheann Fòcas Òigridh (CnaG)

	Co-obrachadh air pròiseactan a bhrosnachadh Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Leasachaidh

Priomhachas	A' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan coimhearsnachd fhathast air an cleachdadh.
Cleachdadh làithreach	Tha a' mhòr-chuid de ghoireasan sa choimhearsnachd air an cleachdadh, ged a tha cus eisimeileachd air saor-thoilich na phrìomh adhbhar dragh.
Gnìomh	Cuir prògram de thachartasan sa choimhearsnachd ri chèile. Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Leasachaidh Na meadhanan ionadail
	Stèidhich buidhnean agus togalaichean coimhearsnachd mar Ionadan Gàidhlig far a bheil sin comasach. Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd CnES

Priomhachas	A' dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean a tha sa choimhearsnachd mar-thà a' brosnachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig.
--------------------	--

Cleachdadh làithreach	Tha a' Ghàidhlig ga brosnachadh taobh a-staigh cuid de ghnìomhachasan is bhuidhnean coimhearsnachd ged a chaidh mothachadh gu bheil feum aig mòran air cuideachadh gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh agus a thoirt a-steach don obair aca.
Gnìomh	Taic a' thoirt do bhuidhnean gus a' Ghàidhlig a thoirt a-steach don bhràndadh, na seirbheisean agus don chonaltradh aca. Air a lìbhrigeadh le HIE CnES
	Aithisgean adhartais air a' Ghàidhlig gus dealas a nochdadh a thaobh a bhith an sàs leis a' chànan. Air a lìbhrigeadh le Bòrd na Gàidhlig CnES
	Cothroman Trèanaidh sa Ghàidhlig a thoirt do luchd-obrach agus do shaor-thoilich. Air a lìbhrigeadh le Acadamaidh Iomairt Shòisealta BnaG
	Pasgan Gàidhlig do Ghnìomhachasan
	A' brosnachadh luchd-obrach sa choimhearsnachd Gàidhlig a bhruidhinn. Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Gnìomhachasan ionadail A' choimhearsnachd

Foghlam

Prìomhachas	A' toirt seachad foghlam a tha stèidhichte sa choimhearsnachd agus clasaichean ruigsinneach.
Cleachdadh làithreach	Tha clasaichean Gàidhlig ann an Grinneabhat airson diofar ìrean de luchd-ionnsachaidh a bharrachd air cearcall còmhraidh ann an Comunn Eachdraidh Nis. Tha cùrsaichean bogaidh gan ruith gu cunbhalach ann an Grinneabhat.
Gnìomh	Leudaich clasaichean agus teagasg sa choimhearsnachd Air a lìbhrigeadh le UHI NWH
	Buidhnean còmhraidh neo-fhoirmeil sa choimhearsnachd Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Leasachaidh
	Leasaich cùrsaichean bogaidh sa choimhearsnachd a bheir buannachd do bhuidhnean ionadail. Air a lìbhrigeadh le UHI NWH CnES
	Leudaich cothroman preantasachd sa Ghàidhlig. Air a lìbhrigeadh le CnES

	Cruthaich cùrsaichean goirid a bheir buannachd ionmhais do na buidhnean ionadail. Air a lìbhrigeadh le UHI NWH Sabhal Mòr Ostaig
	Leasaich clasaichean/ goireasean air-loidhne a bheir buannachd ionmhais do na buidhnean coimhearsnachd

Prìomhachas	A' brosnachadh diofar dhòighean air Gàidhlig ionnsachadh taobh a-muigh suidheachaidhean sgoile traidiseanta.
Cleachdadh làithreach	Tha clasaichean Gàidhlig ann an Grinneabhat airson diofar ìrean de luchd-ionnsachaidh a bharrachd air cearcall còmhraidh ann an Comunn Eachdraidh Nis. Tha cùrsaichean bogaidh gan ruith gu cunbhalach ann an Grinneabhat.
Gnìomh	Mapadh na h-àrainneachd, le fòcas air ainmean-àite Brosnaich cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig sa bhlàr a-muigh. Air a lìbhrigeadh le Àrainneachd Eachdraidheil Alba NàdarAlba Buidhnean coimhearsnachd
	Bùthan-obrach air sgìlean traidiseanta le briathrachas buntainneach.

	Cruthaich àiteachan-còmhnaidh agus iomlaidean Gàidhlig do dhaoine òga.
	Leasaich clasaichean/ goireasean air-loidhne a bheir buannachd ionmhais do na buidhnean coimhearsnachd

Prìomhachas	A' tagradh airson sgoiltean Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Tha FTG sa h-uile sgoil san sgìre, ged nach eil ach aon ann a tha Gàidhlig a-mhàin.
Gnìomh	Comhairle a thoirt don ùghdarras ionadail mu thaic a' phobaill. Air a lìbhrigeadh le CnES
	Taic a thoirt do phrògraman trèanaidh thidsearan tro mheadhan na Gàidhlig aig UHI NWH agus tairgsean airson sgilean ùra a leasachadh, agus an cur air adhart, gus feuchainn ri àireamh thidsearan Gàidhlig san sgìre àrdachadh Air a lìbhrigeadh le UHI NWH
	Taic a thoirt do Thabhartasan Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig agus an cur air adhart gus feuchainn ri àireamh thidsearan Gàidhlig san sgìre àrdachadh. Air a lìbhrigeadh le BnaG

Prìomhachas	A' neartachadh na h-obrach a th' ann an-dràsta eadar sgoiltean agus a' choimhearsnachd.
Cleachdadh làithreach	Tha ceangal làidir eadar a' choimhearsnachd agus na sgoiltean san sgìre.

Gnìomh	Tog air agus leasaich na tachartasan eadar-ghinealach a th' ann an-dràsta.
	Brosnaich barrachd thadhalan sgoile bho bhuidhnean a-muigh Air a lìbhrigeadh le CnES

Priomhachas	Goireasan nas fheàrr do luchd-obrach foghlaim san sgìre
Cleachdadh làithreach	Tha luchd-obrach foghlaim a' faighinn taic bho CnES agus faodaidh iad goireasan a lorg air-loidhne ged a tha a' mhòr-chuid aca a' strì leis an obair a thaobh an goireasan fhèin a dhèanamh airson an leasan.
Gnìomh	Stèidhich sgeama a leigeas le luchd-obrach foghlaim goireasan teagaisg a chur a-steach gun urra airson an dearbhadh, an ceartachadh agus an sgaoileadh gu tidsearan eile. Air a lìbhrigeadh le Stòrlann CnES
	Leasaich agus ùraich goireasan ionnsachaidh air-loidhne, a tha freagarrach do chloinn. Air a lìbhrigeadh le Stòrlann CnES

Conaltradh Thar-ghinealach

Prìomhachas	A' brosnachadh theaghlaichean gus Gàidhlig a bhruidhinn le clann aig an taigh, agus sa choimhearsnachd.
Cleachdadh làithreach	Bidh CnES agus na sgoiltean a' toirt taic a bharrachd do phàrantan gus Gàidhlig a bhrosnachadh aig an taigh. Bidh UHI NWH a' toirt seachad clasaichean Gàidhlig an-asgaidh do phàrantan le clann ann am FMG.
Gnìomh	Pasgan teaghlaich anns a bheil goireasan agus taic. Air a lìbhrigeadh le Comann nam Pàrant CnES
	Tachartasan teaghlaich san sgìre Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Leasachaidh
	Taic tràth-bhliadhnaichean airson teaghlaichean Air a lìbhrigeadh le Comann nam Pàrant CnES

Prìomhachas	A' cur fòcas air tar-chur sgilean eadar-ghinealach
--------------------	---

Cleachdadh làithreach	Tha cuid de ghnìomhachdan thar-ghinealach a' tachairt sa choimhearsnachd, ged a chaidh a thoirt fa-near gu bheil feum air barrachd gus brosnachadh a thoirt do sgaoileadh cànan.
Gnìomh	Bùthan-obrach agus tachartasan air sgilean traidiseanta Air a lìbhrigeadh le Buidhnean ionadail Oifigearan leasachaidh Buidhnean nàiseanta

Prìomhachas	A' cur fòcas air pròiseactan eadar-ghinealach sa choimhearsnachd
Cleachdadh làithreach	Tha cuid de ghnìomhachdan thar-ghinealach a' tachairt sa choimhearsnachd, ged a chaidh a thoirt fa-near gu bheil feum air barrachd gus brosnachadh a thoirt do sgaoileadh cànan.
Gnìomh	Obraich le Comainn Eachdraidh gus obair-raoin a dhèanamh le diofar ghinealaichean an sàs Air a lìbhrigeadh le Buidhnean ionadail
	Cuairtean-coiseachd agus tachartasan a bhios a' roinn eòlas agus eachdraidh ionadail Air a lìbhrigeadh le Buidhnean ionadail

Priomhachas	A' toirt taic do dhaoine òga gus Gàidhlig a chleachdadh fhad 's a tha iad a' fàs nas sine.
Cleachdadh làithreach	Chan eil mòran thachartasan Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile ann do dhaoine òga an dèidh dhaibh a' bhun-sgoil fhàgail.
Gnìomh	Prògram soilleir, ruigsinneach le tachartasan agus clubaichean Gàidhlig
	Co-dhiù aon tachartas gach mìos a tha ag amas air deugairean san sgìre. Air a lìbhrigeadh le Comunn na Gàidhlig
	Buannachdan eaconamach na Gàidhlig a thaisbeanadh do dhaoine òga a bharrachd air mar a bheir a' Ghàidhlig buannachd dhaibh nan dreuchdan Air a lìbhrigeadh le CnES
	Greis-gnìomhachais sa Ghàidhlig a bhrosnachadh Air a lìbhrigeadh le CnES Buidhnean coimhearsnachd
	Cothroman Trèanaidh is Ceannardais Spòrs sa Ghàidhlig. Air a lìbhrigeadh le Comunn na Gàidhlig

	Clubaichean cloinne seachdaineil anns gach sgìre. (Nis, Barabhas, Bràgar, Siabost, Càrlabhagh, Brèascleit) Air a lìbhrigeadh le Comunn na Gàidhlig
	Sradagan seachdaineil anns an dà sgìre aig CnaG. Air a lìbhrigeadh le Comunn na Gàidhlig
	Clann a bhrosnachadh gus Gàidhlig a bhruidhinn anns an raon-chluiche. Air a lìbhrigeadh le CnES
	A' cruthachadh eisimpleirean de thosgairan Gàidhlig sa choimhearsnachd. Air a lìbhrigeadh leis A' choimhearsnachd

Prìomhachas	A' neartachadh thachartasan/goireasan airson clann òga.
Cleachdadh làithreach	Tha goireasan rim faighinn do theaghlaichean air-loidhne, ged a tha cothroman stèidhichte sa choimhearsnachd gann.
Gnìomh	Seiseanan sgeulachdan is òrain eadar-ghnìomhach do chloinn òga Air a lìbhrigeadh le Comann nam Pàrant

	CnES
	Goireasan eadar-ghnìomhach do theaghlachan Air a lìbhrigeadh le Comann nam Pàrant CnES
	Maoineachadh a bha ri fhaighinn roimhe seo do sgoiltean-àraich Air a lìbhrigeadh le CnES

Prìomhachas	A' clàradh eòlas a th' aig daoine nas sine sa choimhearsnachd.
Cleachdadh làithreach	Bidh Comainn Eachdraidh air feadh na sgìre ag obair leis a' choimhearsnachd gus eòlas a ghleidheadh.
Gnìomh	Obair-raoin gus eòlas agus sgeulachdan ionadail a chlàradh Air a lìbhrigeadh le Comainn Eachdraidh Buidhnean coimhearsnachd
	Tachartasan thar-ghinealach Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd
	Lean air adhart agus tog air dàimhean a th' ann mar-thà eadar na coimhearsnachdan agus na sgoiltean Air a lìbhrigeadh le

	CnaG Fèisean nan Gàidheal Buidhnean coimhearsnachd Sgoiltean-Àraich
	Brosnaich tachartasan a dh'ionnsaicheas do dhaoine òga an dual-chainnt ionadail aca fhèin. Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd

Cosnadh agus Maoineachadh

Prìomhachas	A' cruthachadh obraichean seasmhach a bhios a' brosnachadh Gàidhlig sa choimhearsnachd.
Cleachdadh làithreach	Tha cùmhnanntan geàrr-ùine aig a' mhòr-chuid de na dreuchdan coimhearsnachd co-cheangailte ri Gàidhlig.
Gnìomh	Dreuchdan "Gàidhlig riatanach" sa choimhearsnachd
	Co-òrdanaich tachartasan Gàidhlig san sgìre gus cuideam a thoirt far saor-thoilich.
	Leasaich sgeamaichean preantasachd tro mheadhan na Gàidhlig.
	Bu chòir do dhuine sam bith ann an obair a tha air a maoineachadh no air a chruthachadh le buidhnean Gàidhlig a bhith na neach-labhairt Gàidhlig.

Prìomhachas	A’ cruthachadh dhreuchdan “Gàidhlig riatanach” sa choimhearsnachd.
Gnìomh	A’ cruthachadh dhreuchdan “Gàidhlig riatanach” sa choimhearsnachd.

Prìomhachas	A’ ceangal na Gàidhlig ri buannachdan agus cothroman eaconamach.
Cleachdadh làithreach	Tha buannachdan dà-chànanais air an cur air adhart do phàrantan agus do dhaoine òga mar rud a tha feumail airson tuilleadh ionnsachaidh agus saoghal na h-obrach. Tha cuid de bhuidhnean ionadail ag aithneachadh cho cudromach sa tha a’ Ghàidhlig mar shò-mhaoin eaconamach – a’ togail mothachaidh agus a’ toirt seachad ghoireasan.
Gnìomh	Leasaich tachartasan sa Ghàidhlig do luchd-turais (tursan treòraichte, bùthan-obrach cultarail, tachartasan innse sgeulachdan) Air a lìbhrigeadh le CnES Buidhnean coimhearsnachd
	Taic Turasachd Gàidhlig do Ghnìomhachasan, a’ toirt seachad maoineachadh gus a’ Ghàidhlig a thoirt a-steach do thurasachd. Air a lìbhrigeadh le HIE

Prìomhachas	A' faighinn maoinachadh a bharrachd airson buidseatan oifigearan Gàidhlig san sgìre.
Cleachdadh làithreach	Tha oifigearan Gàidhlig san sgìre ag obair le buidseatan glè ìosal an-dràsta.
Gnìomh	Tabhartasan do Iomairtean Ionadail a tha a' cleachdadh na Gàidhlig Air a lìbhrigeadh le Riaghaltas na h-Alba Bòrd na Gàidhlig CnES
	Brosnaich buidseatan a chur ri chèile gus obrachadh air tachartasan Air a lìbhrigeadh le Oifigearan Gàidhlig Oifigearan Leasachaidh Buidhnean Ionadail

Prìomhachas	A' lùghdachadh an eisimeileachd air saor-thoilich, a tha an-dràsta a' ruith a' mhòr-chuid de na tachartasan sa choimhearsnachd
Cleachdadh làithreach	Tha a' mhòr-chuid de thachartasan air an ruith leis na h-aon saor-thoilich a tha air tòrr chomataidhean eadar-dhealaichte agus a' toirt taic do dh'iomadh iomairt eadar-dhealaichte air feadh a' choimhearsnachd.
Gnìomh	Dèan tagradh airson barrachd Oifigearan Gàidhlig pàighte sa choimhearsnachd.

	Air a lìbhrigeadh le Riaghaltas na h-Alba Bòrd na Gàidhlig Buidhnean nàiseanta Buidhnean coimhearsnachd
--	---

Prìomhachas	A’ dèanamh cinnteach gu bheil oifigearan coimhearsnachd/leasachaidh air am pàigheadh gu h-iomchaidh. A’ tagradh airson cùmhnantan nas fhaide airson dreuchdan coimhearsnachd.
Cleachdadh làithreach	Tha tòrr bhuidhnean sa choimhearsnachd air a ràdh gu bheil oifigearan coimhearsnachd is leasachaidh air tuarastal nas ìsle, agus mar as trice air cùmhnantan bliadhna.
Gnìomh	Maoineachadh fad-ùine airson dreuchdan Gàidhlig. Air a lìbhrigeadh le Riaghaltas na h-Alba CnES Bòrd na Gàidhlig
	Maoineachadh ioma-bhliadhna airson na Gàidhlig, agus geallaidhean ionmhais fad-ùine gus pròiseactan nas fhaide a lìbhrigeadh agus gus faighinn cuidhteas chùmhnanntan aon-bhliadhna Air a lìbhrigeadh le Riaghaltas na h-Alba

	CnES Bòrd na Gàidhlig
--	--------------------------

Prìomhachas	A’ dèanamh cinnteach gu bheil airgead bho thachartasan sa choimhearsnachd a’ dol air ais chun choimhearsnachd.
Cleachdadh làithreach	Tha cuid de bhuidhnean coimhearsnachd air draghan a nochdadh gum bu chòir teachd-a-steach bho thachartasan air an eagrachadh le buidhnean bhon taobh a-muigh a bhith air ath-thasgadh gu h-ionadail.
Gnìomh	Dèan cinnteach gu bheil teachd-a-steach bho thachartasan a’ toirt taic do bhuidhnean agus iomairtean ionadail.
	Dèan cinnteach gu bheil buidhnean a bhios a’ ruith thachartasan sa choimhearsnachd a’ toirt taic do bhuidhnean agus ghnìomhachasan ionadail.

Prìomhachas	A’ cruthachadh barrachd chothroman trèanaidh tro mheadhan na Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Chan eil mòran chothroman trèanaidh ann an-dràsta do dhaoine ann an dreuchdan Gàidhlig.
Gnìomh	Barrachd chùrsaichean is trèanadh a chruthachadh do dhaoine a tha ag obair ann an obraichean Gàidhlig Air a lìbhrigeadh le UHI NWH Bòrd na Gàidhlig CnES

	Acadamaidh Iomairt Shòisealta
	Trèanadh oideachaidh Gàidhlig a ruith gus barrachd dhaoine bhon choimhearsnachd a bhrosnachadh gus clasaichean a ruith. Air a lìbhrigeadh le UHI NWH Bòrd na Gàidhlig CnES Speak Gaelic

Prìomhachas	A' dèanamh cinnteach gu bheil ìre de Ghàidhlig aig luchd-obrach cùram slàinte agus luchd-obrach an NHS a tha ag obair sa choimhearsnachd.
Cleachdadh làithreach	Tha UHI NWH a' toirt seachad clasaichean Gàidhlig an-asgaidh do luchd-obrach an NHS.
Gnìomh	Leasan an Gàidhlig a thoirt do luchd-obrach cùram slàinte. Air a lìbhrigeadh le NHS UHI NWH
	Dèanamh cinnteach gu bheil ìre de Ghàidhlig aig daoine a tha air am fastadh san sgìre no gu bheil iad dealasach a thaobh ionnsachadh.

Faicsinneachd agus Brosnachadh

Prìomhachas	A' neartachadh faicsinneachd agus cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan poblach agus àiteachan-obrach.
--------------------	---

Cleachdadh làithreach	Tha soidhnichean ainmean-àite nan ùghdarrasan ionadail dà-chànanach. Tha cuid de shoidhnichean airson ghnìomhachasan ionadail sa Ghàidhlig. Ged a tha crìonadh air a bhith ann, tha a' Ghàidhlig fhathast ga cleachdadh agus ga cluinntinn sa choimhearsnachd.
Gnìomh	Leudachadh shoidhnichean dà-chànanach ann an àiteachan poblach, le prìomhachas aig a' Ghàidhlig. Air a lìbhrigeadh le CnES Riaghaltas na h-Alba
	Thoir prìomhachas don Ghàidhlig ron Bheurla ann an àiteachan poblach, agus broснаich luchd-labhairt na Gàidhlig gus a' Ghàidhlig a th' aca a chleachdadh sa choimhearsnachd. Air a lìbhrigeadh le A' choimhearsnachd
	Taic do ghnìomhachasan a tha ag amas air soidhnichean agus goireasan Gàidhlig a bhith aca. Air a lìbhrigeadh le CnES HIE
Prìomhachas	A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig air na meadhanan sòisealta agus margaidheachd.

	Margaidheachd/sanasachd chlasaichean agus chothroman
Cleachdadh làithreach	Bidh cuid de bhuidhnean agus urrasan ionadail a' brosnachadh na Gàidhlig far a bheil sin comasach ach tha cuid aca air aithneachadh gu bheil feum aca air barrachd taic gus seo a leasachadh.
Gnìomh	Taic margaidheachd didseatach Gàidhlig do ghnìomhachasan Air a lìbhrigeadh le Neach-Cruthachaidh Susbaint Coimhearsnachd HIE
	Meudaich susbaint Gàidhlig air na meadhanan sòisealta Air a lìbhrigeadh le Na meadhanan ionadail Neach-Cruthachaidh Susbaint Coimhearsnachd Buidhnean coimhearsnachd
	Brosnaich co-obrachadh eadar diofar bhuidhnean san sgìre. Air a lìbhrigeadh le Oifigearan Gàidhlig Buidhnean coimhearsnachd
	Foillsich tachartasan Gàidhlig ann am pàipearan ionadail, mìosachain agus meadhanan sòisealta Air a lìbhrigeadh le Oifigearan Gàidhlig Buidhnean coimhearsnachd Na meadhanan ionadail
	Buidheann Fòcais

	Air a lìbhrigeadh le Oifigearan Gàidhlig
	Buidheann Fòcais Òigridh Air a lìbhrigeadh le Comunn na Gàidhlig

Prìomhachas	A’ dèanamh soilleir gur e coimhearsnachd Gàidhlig a tha seo. A’ dèanamh soilleir gu bheil a’ Ghàidhlig riatanach don choimhearsnachd agus a’ sealltainn do dhaoine a tha air gluasad an seo/luchd-tadhail mu cho cudromach ’s a tha i.
Cleachdadh làithreach	Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn agus ga bhrosnachadh anns a h-uile sgoil san sgìre. Ged a tha crìonadh air a bhith ann, tha a’ Ghàidhlig fhathast ga cleachdadh agus ga cluinntinn sa choimhearsnachd.
Gnìomh	Margaidheachd làidir sa Ghàidhlig bho bhuidhnean nàiseanta a bharrachd air buidhnean ionadail gus sealltainn gur e coimhearsnachd Ghàidhlig a th’ annainn.
	Pasganan fàilte a thoirt do gach neach a tha a’ gluasad don sgìre anns a bheil fiosrachadh mu ar cànan agus ar cultar. Air a lìbhrigeadh le Ceannaiche-seilbhe Oighreachdan UHI NWH

--	--

Prìomhachas	A' tuigsinn gu bheil barrachd chothroman ann le turasachd, agus a' cleachdadh na roinne seo gus ar cànan agus ar cultar adhartachadh.
Cleachdadh làithreach	Bidh cuid de bhuidhnean agus urrasan ionadail a' brosnachadh na Gàidhlig far a bheil sin comasach ach tha cuid aca air aithneachadh gu bheil feum aca air barrachd taic gus seo a leasachadh.
Gnìomh	Eòlasan Turasachd fo stiùir na Gàidhlig (tursan treòraichte, bùthan-obrach cultarail, tachartasan sgeulachdan) Air a lìbhrigeadh le HIE Buidhnean coimhearsnachd
	Taic Turasachd Gàidhlig do Ghnìomhachasan, a' toirt seachad maoineachadh gus a' Ghàidhlig a thoirt a-steach do thurasachd. Air a lìbhrigeadh le Buidhnean coimhearsnachd Oifigearan Gàidhlig HIE CnES
	Pasgan Gàidhlig do Ghnìomhachasan

Riaghaltas agus Poileasaidh

Prìomhachas	A' meudachadh maoineachaidh airson iomairtean Gàidhlig sa choimhearsnachd.
Cleachdadh làithreach	Tha a' mhòr-chuid de iomairtean Gàidhlig sa choimhearsnachd air aithris gu bheil gainnead maoineachaidh aca agus gu bheil iad a' strì gu h-ionmhasail.
Gnìomh	Air a lìbhrigeadh le CnES Bòrd na Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba HIE

Prìomhachas	A' dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh fosgailte aig buidhnean ionadail agus gu bheil iad ag obair còmhla air pròiseactan.
Cleachdadh làithreach	Tha beagan co-obrachaidh ann eadar na buidhnean ionadail, ged a chaidh a thoirt fa-near gum biodh e buannachdail dha na h-uile nan deidheadh seo a neartachadh.
Gnìomh	Buidheann Fòcais na Gàidhlig a stèidheachadh Air a lìbhrigeadh le Oifigearan Leasachaidh Buidhnean coimhearsnachd Comunn na Gàidhlig

Prìomhachas	A' cur feum air poileasaidhean Gàidhlig, le cunntachalachd, airson a h-uile
--------------------	--

	buidheann a gheibh maoin eachadh Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Chan eil poileasaidhean Gàidhlig aig mòran buidhnean ionadail is nàiseanta, agus chan eil e mar dhleastanas orra fear a bhith aca.
Gnìomh	Feumaidh buidhnean aithisgean adhartais ràitheil a chur a-steach airson na Gàidhlig Air a lìbhrigeadh le Bòrd na Gàidhlig
	A' dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean le Planaichean Gàidhlig a' sealltainn adhartas ann a bhith a' coileanadh an amasan no gum bi peanasan orra. Air a lìbhrigeadh le Bòrd na Gàidhlig
	Aon de na buidhnean an urra ri bhith a' cumail sùil air adhartas poileasaidh. Air a lìbhrigeadh le Bòrd na Gàidhlig

Prìomhachas	A' cur cuideam air an Ùghdarras Ionadail agus an Riaghaltas gus coinneachadh ri feumalachdan na coimhearsnachd.
Cleachdadh làithreach	Chaidh an rannsachadh agus an fhianais airson a' phlana seo a cho-roinn leis an ùghdarras ionadail.
Gnìomh	Loidhnichean conaltraidh fosgailte agus deagh dhàimhean obrach

	Air a lìbhrigeadh le CnES Riaghaltas na h-Alba
--	--

Prìomhachas	A’ dèanamh ath-sgrùdadh air poileasaidh ‘Gàidhlig mar Chiad Chànan’ aig CnES agus a’ dèanamh cinnteach gu bheil taic a bharrachd ann bho thòisich e.
Cleachdadh làithreach	Tha e an urra ri CnES ri bhith ag ath-sgrùdadh am poileasaidh aca.
Gnìomh	Air a lìbhrigeadh le CnES

Prìomhachas	A’ dèanamh cinnteach gu bheil an taic agus am maoineachadh iomchaidh air a thoirt seachad leis an Riaghaltas/BnaG/CnES ma tha sinn gu bhith air ainmeachadh mar “Sgìrean Cànanain Sònraichte”, gus eaconamaidh na Gàidhlig a neartachadh.
Gnìomh	Cùm conaltradh cunbhalach le buidhnean buntainneach. Air a lìbhrigeadh le Riaghaltas na h-Alba Bòrd na Gàidhlig CnES

Prìomhachas	A’ cur cuideam air buidhnean aig a bheil planaichean Gàidhlig , agus a’ dèanamh cinnteach gu bheil iad gan sgrùdadh agus
--------------------	---

	gan cur an gnìomh no a' fulang pheanasan (no a' faighinn taic a bharrachd gus an cur an gnìomh) bhon Riaghaltas/BnaG/CnES.
Cleachdadh làithreach	'S e dleastanas gach buidhne fa leth sùil a chumail air na planaichean agus na poileasaidhean Gàidhlig aca fhèin agus an cur an gnìomh.
Gnìomh	Cuir cuideam air an Riaghaltas cuideigin a bhith aca a bhios os cionn seo (mar a thathar a' dèanamh sa Chuimrigh le Coimiseanair) Air a lìbhrigeadh le Bòrd na Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba

Taigheadas

Prìomhachas	A' cumail smachd air àireamh nan dàrna dachaighean san sgìre gus luchd na Gàidhlig a chumail. A' comasachadh morgaidsean airson taighean-croite gus cuideachadh le bhith a' cumail daoine òga le Gàidhlig san sgìre. Smachd a chumail air prìs chroitean/ lotaichean.
Cleachdadh làithreach	Tha cuid de na h-Urrasan ionadail a' dealbhadh agus a' leasachadh taigheadas aig prìs ruigsinneach gu h-ionadail a bhiodh air a thabhann do luchd-còmhnaidh mu dheireadh.

	Tha duilgheadasan ann a bhith a’ faighinn morgaidsean air taighean croite. Tha cuingealachaidhean ann air ion-roghnachd airson tabhartasan croite.
Gnìomh	Cuir “The Rural Housing Burden” an sàs. Poileasaidh ionadail sònraichte bhon riaghaltas gus prìomhachas a thoirt do bhith a’ cumail luchd-labhairt òga na Gàidhlig san sgìre. Thoir a’ chiad diùltadh do mhuinntir an àite a bu toil leotha taigh a cheannach, far a bheil sin comasach. Air a lìbhrigeadh le Riaghaltas na h-Alba CnES Coimisean na Croitearachd

Litir bhon bhuidheann stiùiridh

Tha taobh an iar-thuath Leòdhais cudromach mar aon de na h-àiteachan anns a bheil a’ Ghàidhlig air a cleachdadh gu làitheil agus gu nàdarrach leis a’ chuid mhòr den t-sluagh.

Tha sinn a’ faighinn misneachd à sin, ach feumar aideachadh gu bheil an àireamh a tha ga bruidhinn a’ lùghdachadh a-rèir nan cunntasan sluaigh. Tha dìfir adhbharan airson sin, mar àireamh sluaigh a’ tuiteam agus coimhearsnachdan ag atharrachadh a thaobh obraichean agus gluasad dhaoine.

Thug Bòrd na Gàidhlig aire don chrìonadh sin agus bhruidhinn iad ri dìfir bhuidhnean coimhearsnachd airson beachdachadh air dè a ghabhadh dèanamh airson cùisean a leasachadh. B’ ann à sin a thàinig an smuain gum biodh Plana Gàidhlig iomchaidh airson taobh an iar-thuath Leòdhais, agus chaidh co-dhùnadh Oifigear Leasachaidh fhasadh airson sin a thoirt gu buil. ’S i Alison Campbell Clark a fhuair an obair.

Rinn Alison cùrsa Cànan is Cultar na Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig agus bha eòlas aice roimhe mar Oifigear Leasachaidh, mar eisimpleir Iomairt Ghlaschu dha Comunn na

Gàidhlig, agus obair dha Astar Media ann an Steòrnabhagh. Tha i na neach-labhairt na Gàidhlig a tha a' fuireach san sgìre, aig a bheil dlùth cheangal ris a' choimhearsnachd agus a tha a-nis air gluasad air ais gus cur ri glèidhteachas is fàs a' chultair aice.

Bho thòisich i san obair, tha i air obair mhòr a dhèanamh ann a bhith a' rannsachadh suidheachadh na Gàidhlig, a' sireadh bheachdan bho iomadh neach agus buidheann agus a' moladh dhòighean anns am faodar cleachdadh a' chànan a neartachadh. Tha sinn gu mòr na comain.

Tha sinn airson taing a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig airson an taic a thug iad dhuinn a thaobh dreuchd Alison, chan ann a-mhàin le maoinachadh ach le cuideachadh agus stiùireadh feumail aig iomadh àm.

Bho thòisich Alison air an obair, tha i air oifis agus aoigheachd fhaighinn bho Chomunn Eachdraidh Nis agus tha sinn a' cur luach air sin cuideachd.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri buil na saothrach anns na bliadhnachan a tha romhainn – a' Ghàidhlig air a neartachadh agus i follaiseach anns gach pàirt de ar beatha. A-bharrachd air comas sa chànan, gheibhte iuchair a-steach gu beartas de chultar, dòigh-beatha agus eachdraidh. Tha sinn cinnteach cuideachd gun urrainn don Ghàidhlig taic agus neartachadh a thoirt do eaconamaidh nan sgìrean.

Am Bòrd-stiùiridh:

Anna NicLeòid – Comunn Eachdraidh Nis

Heather NicLeòid – Urras Oighreachd Ghabhsainn

Calum Iain Bartlett / Peigi Anna Shields – Grinneabhat / Urras Coimhearsnachd Bhràdhagair agus Àrnoil

Iain MacArtair – Comann Coimhearsnachd Chàrlabhaigh

Stèidhichte air susbaint nam planaichean Gàidhlig airson Uibhist agus Iar-Thuath Leòdhais, seo dreachd a' mìneachadh mar a dh'fhaodadh am Bòrd freagairt ris na planaichean seo ann an co-theacsa nan dleastanasan aig a' Bhòrd:

A' chiad àrd-shealladh aig Bòrd na Gàidhlig air Plana Gàidhlig Iar-Thuath Leòdhais

Ro-ràdh

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air Plana Gàidhlig Iar-Thuath Leòdhais mar eisimpleir ùr-ghnàthach de dhealbhadh cànan stèidhichte sa choimhearsnachd. Tha an aithisg seo a' mìneachadh mar a dh'fhaodadh am Bòrd freagairt ris a' phlana seo, a' gabhail ris na dleastanasan reachdail agus ro-innleachdail aige, agus a' cur cuideam air taic leantainneach, co-obrachadh agus cunntachalachd.

1. Co-thaobhadh ri Dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig

Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig:

- Planaichean Gàidhlig a bhrosnachadh agus a cho-òrdanachadh.
- Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a leasachadh.
- Coimhearsnachdan Gàidhlig a neartachadh.
- Co-obrachadh le buidhnean poblach agus ionadail.

Tha am plana seo a' freagairt gu dìreach ris na dleastanasan sin, gu h-àraidh tro:

- Fòcas air foghlam, cleachdadh làitheil, agus cothroman cosnadh.
- Mion-sgrùdadh air neartan is laigsean na sgìre.
- Gnìomhan soilleir a tha stèidhichte air feumalachdan na coimhearsnachdan.

2. Gnìomhan a dh'fheumas taic Bhòrd na Gàidhlig

Tha grunn raointean anns am bu chòir don Bhòrd taic a thoirt:

a) Maoin agus Goireasan

- Leudachadh air maoinachadh fad-ùine airson pròiseactan/dreuchdan Gàidhlig.
- Cruthachadh sgeamaichean trèanaidh do luchd-teagaisg neo-fhoirmeil agus oifigearan.
- Taic do ghnìomhachasan ionadail gus Gàidhlig a thoirt a-steach do bhrandadh agus margaidheachd.

b) Foghlam

- Taic do sgoiltean Gàidhlig agus FtG.
- Leasachadh goireasan ionnsachaidh agus taic do phàrantan.
- Brosnachadh cothroman ionnsachaidh neo-fhoirmeil sa choimhearsnachd.

c) Coimhearsnachd agus Cultar

- Taic do thachartasan eadar-ghinealach agus iomairtean cultarail.
- Brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan poblach.
- Cruthachadh ionadan Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd.

d) Cunntachalachd agus Poileasaidh

- Dèanamh cinnteach gu bheil Planaichean Gàidhlig Reachdail air an cur an gnìomh.
- Stèidheachadh buidhnean fòcais gus co-obrachadh a bhrosnachadh.
- Aithisgean adhartais bho bhuidhnean a gheibh maoineachadh Gàidhlig.

3. Molaidhean Ro-innleachdail

Gus freagairt èifeachdach a thoirt don phlana, bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig:

- Aontachadh air frèam taic fad-ùine airson coimhearsnachdan Gàidhlig (Le Achd nan Cànan Albannach 2025 bi seo a' toirt a-staigh sgìrean cànan sònraichte).
- Stiùireadh a thoirt do bhuidhnean poblach air mar a tha iad ri taic a thoirt do choimhearsnachdan Gàidhlig.
- Co-obrachadh le Riaghaltas na h-Alba agus CnES gus dèanamh cinnteach gu bheil amasan a' phlana air an coileanadh.
- Measadh cunbhalach air buaidh na h-obrach agus atharrachadh ro-innleachd far a bheil feum.

4. Co-dhùnadh

Tha Plana Gàidhlig Iar-thuath Leòdhais na dheagh eisimpleir de dh'iomairt choimhearsnachd a tha a' freagairt ri prìomhachasan nàiseanta. Tha e riatanach gum bi Bòrd na Gàidhlig a' cur taic làidir ris a' phlana seo tro mhaoineachadh, stiùireadh, agus co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig beò, làidir agus follaiseach anns a' choimhearsnachd.

Gnìomhan sònraichte a dh'fhaodadh Bòrd na Gàidhlig a chur an gnìomh mar fhreagairt do Phlana Gàidhlig Iar-thuath Leòdhais, stèidhichte air na dleastanasan reachdail agus ro-innleachdail aige:

Gnìomhan Sònraichte:

1. Taic Maoineachaidh agus Goireasan

- Cruthaich Sgeama Maoineachaidh Sònraichte airson sgìrean le Planaichean Gàidhlig ionadail.
- Stèidhich Maoin Trèanaidh Coimhearsnachd gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg neo-fhoirmeil, agus luchd-obrach Gàidhlig.
- Solarachadh goireasan didseatach (app, làrach-lìn, stuthan ionnsachaidh) a tha freagarrach do dh'fheadhainn aig diofar ìrean cànan.

2. Foghlam agus Trèanaidh

- Co-obrachadh le CnES agus Foghlam Alba gus leudachadh a dhèanamh air FtG anns na sgoiltean ionadail.
- Stèidhich prògram taic do phàrantan gus an urrainn dhaibh taic a thoirt do chànan an cuid chloinne aig an taigh.
- Cruthaich sgeama trèanaidh do luchd-obrach òigridh gus Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean obrach is sòisealta.

3. Cleachdadh na Gàidhlig sa Choimhearsnachd

- Stiùir iomairt “Gàidhlig san Àite-obrach” le gnìomhachasan ionadail gus Gàidhlig a thoirt a-steach do sheirbheisean agus margaidheachd.
- Cruthaich “Ionad Gàidhlig Coimhearsnachd” mar àite cruinneachaidh, ionnsachaidh agus cultair.
- Taic do thachartasan cultarail (fèisean, cèilidhean, bùithtean-obrach) a tha a' brosnachadh cleachdadh nàdarra na Gàidhlig.

4. Cunntachalachd agus Measadh

- Stèidhich buidheann-obrach co-roinnte le riochdairean bhon choimhearsnachd, CnES, agus Bòrd na Gàidhlig gus sùil a chumail air adhartas a' phlana.
- Cruthaich frèam measadh buaidh gus sùil a chumail air cleachdadh na Gàidhlig, sàsachd coimhearsnachd, agus buaidh air foghlam.

- Aithisg bhliadhnail air adhartas a’ phlana, air a chur gu Bòrd-stiùiridh agus air fhoillseachadh gu poblach.

5. Ro-innleachd Nàiseanta

- Aontachadh air frèam taic do sgìrean cànan stèidhichte air modail Uibhist agus Iar-thuath Leòdhais.
- Co-obrachadh le Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean nàiseanta a’ toirt taic do phlanaichean ionadail.
- Leasachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig gus gabhail a-steach ionnsachadh bho dhòighean-obrach stèidhichte sa choimhearsnachd.

Taic Ro-innleachdail

Gus taic a thoirt do mhiannan a’ phlana seo, tha Bòrd na Gàidhlig a’ gealltainn na leanas:

1. Sgeama Oifigearan Gàidhlig

- Cumaidh Bòrd na Gàidhlig taic ri oifigearan sgìreil bho Iar-Thuath Leòdhais le maoineachadh ioma-bliadhna ri fhaighinn airson suas ri trì bliadhna, bhon lùthar 2025 gu Màrt 2028

2. Com-pàirteachas is Togail Comais

- Thèid taic a thoirt do phròiseactan co-obrachail eadar buidhnean ann an Taobh Siar Leòdhais gus buaidh is goireasan a mheudachadh.
- Thèid prìomhachas a thoirt do thagraidhean a tha a’ sealltainn maoineachadh co-ionnan, com-pàirteachadh coimhearsnachd, agus toraidhean so-mheasgaichte ann an cleachdadh na Gàidhlig.

3. Sgrùdadh is Measadh

- Feumaidh a h-uile dreuchd a tha air a mhaoinachadh aithris a dhèanamh air Prìomh Chomharran Coileanaidh (KPIs) gach sia mìosan gus dèanamh cinnteach à follaiseachd is èifeachdas.
- Thèid obair a dhèanamh le luchd-ùidh ionadail gus dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh na Gàidhlig air a stiùireadh leis a’ choimhearsnachd agus stèidhichte air fianais.

Àrd-shealladh Bòrd na Gàidhlig air Plana Uibhist 2030

1. Aontachadh Ro-innleachdail

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air Plana Uibhist 2030 mar iomairt stèidhichte sa choimhearsnachd a tha gu làidir a' freagairt ri prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023–28, gu h-àraidh:

- Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean, coimhearsnachdan, àiteachan-obrach agus seirbheisean poblach.
- Leudachadh chothroman ionnsachaidh airson gach aois agus ìre.
- Brosnachadh bheachdan adhartach mu chudromachd na Gàidhlig ann an Alba an latha an-diugh.

Fo dhleastanasan Achd nan Cànan Albannach 2025, tha Bòrd na Gàidhlig dealasach a thaobh taic a thoirt do phlanaichean roinneil is coimhearsnachd a chuireas ri amas nàiseanta ath-bheothachadh na Gàidhlig agus dèanamh cinnteach gu bheil i air a gluasad eadar ginealaichean.

2. Taic do na Prìomh Chuspairean sa Phlana

Òigridh

- Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur taic ri cruthachadh Fòram Òigridh Gàidhlig Uibhist, agus nì sinn rannsachadh air cothroman maoineachaidh is com-pàirteachais gus dèanamh cinnteach gu bheil e seasmhach.
- Tha cuideam air preantasachdan Gàidhlig, àiteachan-obrach agus fèilltean dreuchd a' freagairt ri ar dealas gus Gàidhlig a leudachadh ann an slighean obrach.

Dualchas is Cultar

- Tha fòcas a' phlana air dualchainntean ionadail, beul-aithris agus pròiseactan eadar-ghinealach a' cur ri ar n-obair le buidhnean mar Tobar an Dualchais agus Ceòlas.
- Bheir sinn taic do dh'oidhirpean gus goireasan a mhapadh agus adhartachadh, agus brosnachidh sinn leasachadh proifeiseanta do luchd-teagaisg air eòlas cultarach sònraichte Uibhist.

Cleachdadh sa Choimhearsnachd

- Tha sinn a' moladh dòigh-obrach bhon bhun a tha ag amas air àbhaisteachadh na Gàidhlig ann am beatha làitheil, a' gabhail a-steach soidhnichean, cruinneachaidhean neo-fhoirmeil agus lìonraidhean co-leithid.

- Obraichidh sinn le com-pàirtichean ionadail gus leudachadh air cothroman clas, cruthachadh pacaidean taice do luchd-tilleadh, agus tachartasan càirdeil do luchd na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Gàidhlig san Àite-obrach

- Tha teamplaid Cairt na Gàidhlig agus siostam Òr/Airgead/ Bronnse nan innealan ùr-ghnàthach a chuidicheas sinn le leasachadh agus adhartachadh air feadh na dùthcha.
- Bheir sinn taic do sgrùdaidhean Gàidhlig agus bheir sinn stiùireadh is goireasan do luchd-fastaidh gus Gàidhlig a thoirt a-steach do dh'fhastaidhean, trèanaidh agus lìbhrigeadh sheirbheisean.

Cliù is Faicsinneachd

- Tha miann a' phlana Gàidhlig a dhèanamh faicsinneach agus air a chomharrachadh air feadh Uibhist a' freagairt ri ar n-iomairtean nàiseanta mar Seachdain na Gàidhlig.
- Co-obrachaidh sinn air pròiseactan meadhanan is soidhnichean le faicsinneachd àrd, agus bheir sinn taic do leasachadh stuthan turasachd is ath-thuineachaidh dà-chànanach.

3. Riaghladh is Co-obrachadh

- Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh Buidheann Luchd-Ùidh Gàidhlig Uibhist mar phrìomh chom-pàirtiche lìbhrigidh agus nì sinn cinnteach gu bheil riochdachadh is conaltradh cunbhalach ann.
- Brosnaichidh sinn buidhnean poblach eile a tha air an ainmeachadh sa phlana gus an dealasan fo na Planaichean Gàidhlig aca fhèin a choileanadh, agus bheir sinn taic far a bheil feum.

4. Maoineachadh is Togail Comas

- Nì sinn rannsachadh air cothroman gus iomairtean sa phlana a mhaoineachadh còmhla, gu h-àraidh an fheadhainn a bhios:
 - A' Togail comas òigridh.
 - A' neartaich bun-structar coimhearsnachd.
 - A' brosnachadh Gàidhlig san àite-obrach.
- Bheir sinn taic cuideachd do thrèanaidh do luchd-tagraidh ionadail, agus cuidichidh sinn le leasachadh innealan is goireasan do bhuidhnean coimhearsnachd is luchd-fastaidh.

5. Sgrùdadh is Measadh

- Obraichidh Bòrd na Gàidhlig leis a' Bhuidheann Luchd-Ùidh gus:
 - Comharraidhean soirbheachais a leasachadh.
 - Cleachdaidhean matha a roinn air feadh na dùthcha.
 - Dèanamh cinnteach gu bheil am plana freagairteach agus stèidhichte sa choimhearsnachd.

Co-dhùnadh

Tha Plana Uibhist 2030 na dheagh eisimpleir de chumhachdachadh coimhearsnachd agus ath-bheothachadh cànan. Tha Bòrd na Gàidhlig dealasach a thaobh taic a thoirt do lìbhrigeadh a' phlana agus dèanamh cinnteach gu bheil e a' cur gu mòr ri lèirsinn nàiseanta de dh'Alba far a bheil Gàidhlig beò is soirbheachail.

Coinneamh:	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	9 Dàmhair 2025
Tìotal:	Foghlam agus Ionnsachadh
Gnìomh a dhìth:	Airson fiosrachadh
Àireamh pàipeir:	2.3
Neach-labhairt:	Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard

1. Adhbhar

Tha am pàipear seo a' mìneachadh nam prìomh ùrachaidhean ro-innleachdail a thaobh ar n-obair ann am foghlam agus ionnsachadh.

2. Prìomh aithris

Fastadh – Ceannard Foghlaim is Phlanaichean

Tha am pròiseas fastaidh airson Ceannard Foghlaim is Phlanaichean a' dol air adhart agus thathar an dùil gun tèid a chrìochnachadh ro dheireadh na Dàmhair.

Teisteanas teagaisg a bharrachd (ATQ)

Anns a' Ghearran 2021, thug Bòrd na Gàidhlig maoineachadh do dh'Oilthigh Shrath Chluaidh gus teisteanas teagaisg a bharrachd (ATQ) a libhrigeadh do thidsearan chànanan a bha làn-chlàraichte le Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS). B' e pròiseact pileat a bha seo a bha ag amas air tidsearan aig a bheil tomhas de Ghàidhlig ach nach eil fileant agus bha e ag amas air an uidheamachadh leis a' chomas cànanain gus clasaichean luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a libhrigeadh.

Tha grunn duilgheadasan air a bhith aig a' phròiseact pileit seo, gu sònraichte air sgàth duilgheadasan a thaobh luchd-obrach, aig Oilthigh Shrath Chluaidh. Chaidh am prògram pileat a leudachadh an-uiridh gus dèiligeadh ri duilgheadasan a bharrachd a thaobh luchd-obrach, ach chaidh moladh bhon Oilthigh gus an cùrsa a leudachadh airson 18 mìosan a bharrachd a dhiùltadh. Tha Oilthigh Shrath Chluaidh air aontachadh sùil a thoirt air modail a leigeadh le oileanaich a th' ann mar-thà an cùrsa a chrìochnachadh taobh a-staigh bliadhna.

Mura gabh seo a choileanadh, bidh Bòrd na Gàidhlig a' sireadh com-pàirtiche eile gus na modalan mu dheireadh den chùrsa a libhrigeadh. Bha na suidheachaidhean a thug buaidh air a' phròiseact seo gun dùil, agus thèid iad sin a mheasadh ann an ath-sgrùdadh pileat a thèid a dhèanamh.

Comhairle Crìochan na h-Alba

Tha Comhairle Crìochan na h-Alba a' dèanamh measadh reachdail iomlan air foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh sgìrean-sgoile san sgìre ùghdarrais ionadail aca. Tha iad air freagairt co-chomhairle iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig, a rèir an stiùiridh reachdail, agus bidh sinn a' freagairt gu deimhinneach ris an iarrtas co-chomhairle, a tha ri chur a-steach ro 8 Dàmhair.

Ro-innleachd 0-3

Tha còmhraidhean air tòiseachadh le Comann nam Pàrant mu ro-innleachd agus modail lìbhrigidh airson ar n-obrach ann an raon 0-3. Tha na buidhnean ag obair còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach ro-innleachdail airson 0-3 air a dealbhadh agus cuiridh iad aithisg air ais chun a' bhùird as t-Earrach.

Measadh air Roghainnean airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig Àrd-sgoile a Lìbhrigeadh eadar Ùghdarrasan Ionadail

Tha rannsachadh a' dol air adhart gus measadh a dhèanamh air roghainnean airson modailean co-obrachaidh eadar ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' toirt seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre na h-àrd-sgoile. Thathar an dùil gum beachdaich am measadh roghainnean seo air deagh chleachdadh ann a bhith a' lìbhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, deasbad le ùghdarrasan ionadail air mar a tha iad an-dràsta a' lìbhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus cnapan-starra a thaobh lìbhrigeadh san àm ri teachd aig ìre na h-àrd-sgoile agus co-obrachadh làithreach eadar ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' lìbhrigeadh foghlaim.

Chaidh an cùmnant rannsachaidh a thoirt do Wilson McLeod is Jim Whannel às dèidh pròiseas tairgse. Thèid aithisg thùsail a lìbhrigeadh san Dùbhlachd 2025.

3. Moladh

- 3.1. Thathar ag iarraidh air Buill toirt fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdail

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Tha na cosgaisean uile taobh a-staigh a' bhuidseit.
- 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Cha bhi gin ann.
- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Cha bhi gin ann.
- 4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha an obair seo a' cur ri Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCC) bho Phlana Corporra Bhòrd an Gàidhlig mar a leanas: PCC 2 - Barrachd taic do sholar sna Tràth-bhliadhnaichean, PCC 3 - Brosnaich buannachdan FtG agus FLi, PCC 4 Barrachd taic do dh'ionnsachadh na Gàidhlig PCC 5 - Tha barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha iom-fhillte is fhosgailte
- 4.5. Buidhean air Cliù: Cha bhi gin ann.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Cha bhi gin ann.
- 4.7. Buidhean Laghail: Cha bhi gin ann.
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: Cha bhi gin ann.
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: Cha bhi gin ann.

5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☐	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

6. Cùrsa Riaghlachais

6.1. Dh'aontaich an Sgioba-stiùiridh ri susbaint a' phàipeir seo air 26 Sultain 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

7.1 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	9 Dàmhair 2025
Tìotal:	Aithisg Ionmhas
Gnìomh a dhith:	Airson Fiosrachadh
Àireamh pàipear:	3.1
Neach-labhairt:	Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra
Pàipearan taic:	PT1 Aithisg Ionmhas 31/08/25

1. Adhbhar

- 1.1. Is e fiosrachadh a thoirt dhan Bhòrd air an t-suidheachadh ionmhasail mar a bha e air 31 Lùnastal 2025 adhbhar a' phàipeir seo.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Ann an 2025/26 tha Tabhartas gus Cuideachadh (GiA) bunaiteach de £6,325k aig Bòrd na Gàidhlig.
- 2.2. Chaidh suim a bharrachd de £46k, bho Riaghaltas na h-Alba, a chur ris a' bhuidseit gus pàigheadh airson màl An Tosgan.
- 2.3. Gu deireadh an Lùnastal tha caiteachas timcheall air £55k air dheireadh air a' bhuidseit, timcheall air 2% den bhuidseit iomlan.
- 2.4. Tha sinn an dùil gun tèid am buidseit air fad a chosg ro dheireadh na bliadhna ionmhais.

3. Moladh

- 3.1. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird-stiùiridh

- Beachdachadh air an aithisg agus am fiosrachadh a thoirt fa-near

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd.
- 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Chan eil buaidh ann.
- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Chan eil buaidh ann.
- 4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachd agus Corporra: Gum bi ar n-obair a' fiosrachadh agus a' toirt buaidh air leasachadh na Gàidhlig agus air poileasaidhean a bheir buaidh air a Ghàidhlig.
- 4.5. Buidhean air Cliù: Tha e cudromach gun lean BnG air adhart a' dearbhadh gu bheil e a' riaghladh an ionmhais aige gu h-èifeachdach.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil buaidh ann.
- 4.7. Buidhean air Laghail: Chan eil buaidh ann.

4.8. Buidhean air Co-ionannachd: Chan eil buaidh ann.

4.9. Buidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann.

5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☐	Clann is Òigridh	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐

Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach ☒

6. Cùrsa Riaghlachais

6.1. Thug an Sgioba-stiùiridh fa-near don phàipear seo air 24 Sultain 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Sgrùdadh gu 31 Lùnastal 2025

MAOINEACHADH
/ TEACHD A-
STEACH

Airgead air a thoirt air adhart
Tabhartas Gus Cuideachadh - Bun-loidhne
Maoineachadh GIA a bharrachd
BUIDSEAT IOMLAN

GU 31.08.25			
BUIDSEAT	AN DA-RÌRIBH	SEACHRANACHD	SEACHRANACHD
£'000	£'000	£'000	%
9	9	-	-
2,450	2,450	-	0
-	-	-	-
2,450	2,450	-	7%

TUAIRMSE AIRSON NA BLIADHNA AIR FAD			
BUIDSEAT	RO-AITHRIS	SEACHRANACHD	SEACHRANACHD
£'000	£'000	£'000	%
9	9	0	0%
6,325	6,325	0	0%
46	46	0	0%
6,371	6,371	-	

CAITEACHAS

GLAIF
Leasachadh eile
COSGAISEAN LEASACHAIDH IOMLAN
Cosgaisean Luchd-obrach
Cosgaisean Obrachaidh Eile
COSGAISEAN OBRACHAIDH UILE
COSGAISEAN IOMLAN

692	689	-3	0%
1,154	1,171	17	1%
1,846	1,860	14	1%
488	453	-35	-7%
130	96	-34	-26%
618	549	-69	-11%
2,464	2,409	-55	-2%

1,140	1,140	0	0%
3,347	3,584	115	7%
4,487	4,724	115	0
1,379	1,264	-115	-8%
505	505	0	0%
1,884	1,769	-115	-0
6,371	6,493	-	0

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	9 Dàmhair 2025
Tìotal:	Riaghladh Ionmhas
Gnìomh a dhith:	Airson Fiosrachadh
Àireamh pàipeir:	3.2
Neach-labhairt:	Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra
Pàipearan-taic:	PT1 – Scheme of Delegated Financial Authority Limits

1. Adhbhar

- 1.1. Is e adhbhar a’ phàipeir seo ath-sgrùdadh a dhèanamh air an Riaghladh Ionmhas a tha na àite.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Chan eil atharrachaidhean sam bith air am moladh air na h-ìrean ùghdarras, na h-oifigearan no a’ chomataidh dhan deach ùghdarras a thiomnadh.

3. Moladh

- 3.1. Thathas ag iarraidh air a’ Bhòrd-stiùiridh:
 - Beachdachadh air an aithisg agus am fiosrachadh a thoirt fa-near.

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdail

- 4.1. Buidh air ionmhas: Chan eil atharrachaidhean sam bith air na pròiseasan làithreach
- 4.2. Buidh air luchd-obrach: Chan eil atharrachaidhean sam bith air na pròiseasan làithreach
- 4.3. Buidh air trèanadh: N/A
- 4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra: Bidh ar n-obair a’ fiosrachadh agus a’ toirt buaidh air leasachadh na Gàidhlig agus poileasaidhean a bheir buaidh air a’ Ghàidhlig.
- 4.5. Buidhean air cliù: Tha e cudromach gun lean Bòrd na Gàidhlig air adhart a’ taisbeanadh riaghladh èifeachdach air an ionmhas aige.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: N/A
- 4.7. Buidhean Laghail: N/A
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: N/A
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: N/A

5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☐	Clann is Òigridh	☐
Cultar	☐		
Àrainneachd	☐	Coimhearsnachd	☐
Slàinte	☐	Bochdainn	☐
		Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan Soirbheachail is ùr-gnàthach			
☒			

6. Cùrsa Riaghlachais

6.1. N/A

7. Dearbhadh air Cuairteachadh na Sgrìobhainn

7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Bòrd na Gàidhlig

SCHEME OF DELEGATED FINANCIAL AUTHORITY LIMITS

1. Purpose

All expenditure incurred by Bòrd na Gàidhlig must be approved in accordance with the authorisation limits set out in this schedule of Delegated Financial Authority Limits.

The Scottish Government has set out financial authority limits, above which its approval must be obtained.

Bòrd na Gàidhlig must always obtain the Scottish Government's approval before incurring expenditure for any purpose that is or might be considered novel contentious or repercussive or which has or could have significant future cost implications.

All senior executives who commit expenditure must comply with these limits, and with any associated directions, regulations, policies and procedures.


2. Contents

The Delegated Financial Authority Limits set out in this document refer to:

- Procurement of Goods & Services/Travel and Subsistence claims (Page 3)
- Funding Distribution (Grant Awards) (Page 4)
- Finance (Page 4)
- Assets (Page 5)

3 Approved Delegated Financial Authority Limits apply to budgets within the post holder's responsibility

I Ealasaid, Accountable Officer, Bòrd na Gàidhlig, in accordance with the requirements of the Delegated Authority section of the Scottish Public Finance Manual, hereby approve the scheme of delegated financial authority limits set out in this document (Pages [1] to [4] inclusive).



Ealasaid MacDonald
Accountable Officer

22 September 2023

Date of signing

Pàipear 3.2 PT1

Points to note:

Selection of supplier for goods and services must comply with the Procurement Policy and the competitive tendering thresholds set out below.

Unless call-off, framework or central contracts are available, the following process will apply:

1. Purchases between £1,000 and £5,000 require verbal quotations from at least 3 suppliers.
2. Purchases between £5,001 and £25,000 require written quotations from at least 3 suppliers.
3. Purchases in excess of £25,000 require full tendering procedures, in accordance with relevant legislation and guidance.

PROCUREMENT OF GOODS & SERVICES

Purchases

- Equal to or greater than £25k – Accountable Officer
- Less than £25k – Leadership Team member as Head of Department managing the purchase order relating to their area of budget responsibility.

Award of Contracts

- Equal to or greater than £25k – Accountable Officer
- Less than £25k – Leadership Team member as Head of Department managing the purchase order relating to their area of budget responsibility.

Non-Competitive Action

- Greater than £10k - Scottish Government
- Equal or less than £10k – Leadership Team member as Head of Department managing the purchase order relating to their area of budget responsibility.

External Business & Management Consultancy Contracts

- Greater than £25k - Scottish Government
- Equal or less than £25k – Leadership Team member as Head of Department managing the purchase order relating to their area of budget responsibility.

Operating Leases – Other than Property/Accommodation Related Leases

- Greater than £0 - Scottish Government

Travel and Subsistence Claims (Members and Employees)

- Equal to or greater than £1k – Accountable Officer
 - Less than £1k - Head of Finance and Corporate Affairs
-
- A Board member or a member of the Leadership team should have their travel and subsistence claim authorised by the Accountable Officer.
 - The Accountable Officer's claim should be authorised by the Cathraiche.
 - Staff members should have their claim authorised by their line manager before it is forwarded to be processed and countersigned by the Finance Administrator.

FUNDING DISTRIBUTION (GRANT AWARDS)

Grant Awards

Grants would only be authorised for payment if the following recommendations/approvals have been obtained:

- Greater than £100k - Board
- Greater than £50k, equal to or less than £100k - Policy and Resources Committee
- Greater than £0, equal to or less than £50k – Leadership Team

Conflicts of Interest

Where conflicts of interest arise which prevent a quorum being achieved to enable a decision to be taken by the Leadership Team, the decision should be escalated to the Policy and Resources Committee.

In Principle Agreements

Where grants have been agreed in principle at the appropriate level (see above), subject to submission of satisfactory reports, the Leadership Team would authorise the payments of the subsequent instalments of the grants. Where reports are not satisfactory, the decision on whether to continue the agreement would be referred to the appropriate level for consideration.

Additional grants to key Partner Organisations

Where additional grant funding is sought for discrete projects, these applications will be considered at the appropriate level of approval, ie greater than £100k at Board; greater than £50k but no more than £100k at Committee; at £50k or less at Leadership Team.

A report will be submitted to the Board annually post-year end to advise on the following:

- consider how funding to key organisations is broken down into individual grants;
- what that funding was for;
- what was achieved with that funding;
- any instances of failing to deliver on the grant goals, and the risk of future failure to deliver what all of that means for the Bòrd's ability to achieve its vision/objective/Corporate Plan.

The report will also document how what occurred in the current year is impacting on the budgeted grants to be provided to key organisations going forward.

During a year, a report would be made to the Board on an exceptional basis if officers were concerned about significant risks to any of the key partner organisations.

Authorisation limits

- Equal to or greater than £25k, - Accountable Officer
- Greater than £0, less than £25k – Leadership Team member as Head of Department managing the purchase order relating to their area of budget responsibility.

FINANCE

Cheque Signing

- Equal to or greater than £5k– Accountable Officer plus one other signatory
- Greater than £0 but less than £5k - any two signatories

Online Payments

- Greater than £0 – Head of Finance and Corporate Affairs or Accountable Officer

Payroll Processing

- Greater than £0 – Accountable Officer

Losses/Write-offs/Special Payments

- Greater than £0 - Scottish Government

Gifts

- Greater than £250 - Scottish Government
- £250 or less – Accountable Officer

Points to note:

1. Cheque Signatories: The list of cheque signatories, approved by the Bòrd (Bank Requirement) designates those empowered to sign cheques.
2. Payroll: The processed payroll must be authorised by the Ceannard before employee bank accounts can be credited.
3. Payroll payments in a financial year cannot exceed amount allocated by the Scottish Government.
4. Procedure for processing an online payment: Finance Administrator would set up payment on system then the Head of Finance and Corporate Affairs or Accountable Officer would authorise payment.

ASSETS

Acquisition of Assets/Investments

- Greater than £0 – Accountable Officer

Disposal of Assets

- Greater than £0 – Accountable Officer

Reference should be made to the Framework Document and the appropriate section of the Scottish Public Finance Manual before assets/Investments are acquired or disposed.

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	9 Dàmhair 2025
Tìotal:	Prìomhachasan is riaghailtean sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd 2026-28
Gnìomh a dhìth:	Ri aontachadh
Àireamh pàipeir:	3.3
Neach-labhairt:	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh
Pàipearan-taic:	Chan eil gin ann

1. Adhbhar

- 1.1. Ag iarraidh aonta na Comataidh ri prìomhachasan is riaghailtean sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd 2026-28.

2. Cùl-fhiosrachadh

- 2.1. Fhuair 48 buidhnean taic-airgid tro sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd 2025-27, le luach £208,730 air aontachadh, is chaidh 39 buidhnean maoineachadh tron sgeama 2024-26 ro na sin, le taic luach £218,950 air aontachadh.
- 2.2. Chaidh atharrachadh an-uiridh gus sgeama Cholmcille a thoirt fo sgèith Taic Freumhan Coimhearsnachd, is 5 de phròiseactan 2025-27 (luach £29,400) a bha cur taic ri prìomhachas na sgeama air pròiseactan a bha toirt luchd labhairt na Gàidhlig is Gaeilge còmhla.

3. Prìomh aithris

- 3.1. Thathar a' moladh gun tèid sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd (TFC) a ruith a-rithist mar sgeama thairis air dà bhliadhna, 2026-28, gus cothrom a thoirt seachad do bhuidhnean coimhearsnachd agus daoine fa leth (airson a' chiad uair) taic-airgid iarraidh gus pròiseactan ionadail a ruith.
- 3.2. Thathar air faicinn gu ruige seo le dòigh-obrach dà bhliadhna gu bheil seo air barrachd sùbailteachd a thoirt seachad do bhuidhnean a tha air a bhith a' ruith phròiseactan, is air leigeil leotha ionnsachadh bho shoirbheachas/dùbhlann sa chiad bhliadhna de na pròiseactan aca gus toraidhean nas fheàrr a chur an gnìomh san dàrna bhliadhna.
- 3.3. Tha an dòigh seo cuideachd a' ciallachadh gu bheil nas lugha de rianachd ann do dhaoine a tha mar as trice ag obair gu saor-thoileach, is seo a' ciallachadh gu bheil barrachd cothrom ann adhartas a dhèanamh sna pròiseactan aca.

Atharrachaidhean bho sgeama 2025-27

- 3.4. Am-bliadhna, thathar a’ moladh atharrachaidhean dhan sgeama airson feuchainn gus ruigsinneachd an sgeama a leudachadh.
- 3.5. Thathar a’ moladh gum bi cothrom ann am-bliadhna do dhaoine fa leth cur a-steach do Thaic Freumhan Coimhearsnachd airson a’ chiad uair, gus a bheil cothrom ann do dhaoine pròiseactan a chur air dòigh air an ceann fhèin. Tha seo ag aithneachadh gu bheil an dleastanas a bh’ ann roimhe gus buidheann a stèidheachadh (le comataidh, cunntas-banca, bun-reachd is eile) a’ cur bacadh air cuid a bhith a’ cur phròiseactan air dòigh, is cothrom leis a seo do dhaoine le sgilean is eòlas a bhith a’ cur sin an gnìomh.
- 3.6. Bidh feum aig daoine a tha a’ cur iarrtas a-steach a bhith a’ dearbhadh gu bheil na sgilean is comasan aca airson pròiseact a ruith is thathar a’ moladh gu bheil taic suas ri £5k uile-gu-lèir ri thoirt seachad gus riosg a lasachadh a thaobh airgead. Bidh fianais eile air sireadh bho luchd-tagraidh le oifigearan a’ Bhùird mar as iomchaidh gus dearbhadh gu bheil an neach a’ coileanadh dhleastanasan laghail no aig Bòrd na Gàidhlig.
- 3.7. Thathar cuideachd a’ moladh gun tèid clàr-ama nan iarrtasan atharrachadh gu bhith air fhoillseachadh san Dàmhair 2025 is a’ dùnadh ann am meadhan na Dùbhlachd 2025 (seach mar a bha cuairtean den sgeama roimhe a’ fosgladh san t-Samhain is a’ dùnadh san Fhaoilleach), gus nach eil uallach air dhaoine iarrtasan ullachadh thairis air àm na Nollaig is na Bliadhna ùire, is gu bheil barrachd ùine aig oifigearan a’ Bhùird measaidhean is co-dhùnaidhean a dhèanamh air iarrtasan ro dheireadh na bliadhna-ionmhais.

Buidseat

- 3.8. Thathar an dùil aig an ìre seo gum bi buidseat an sgeama aig ìre coltach ris an sgeama a chaidh a lìbhrigeadh airson 2025-27, le mu £200,000 ri aontachadh sa chuairt ùir seo,
